

## **STIÙIREADH AIR DEAGH CHLEACHDADH AIRSON ÙGHDARRASAN IONADAIL AGUS COMHAIRLEAN COIMHEARSNACHD**

Chaidh am Paipear Stiùireadh air Deagh Chleachdadh seo a dheasachadh mar thoradh air na molaidhean ag èirigh bho ath-bhreithneachadh air Comhairlean Coimhearsnachd a rinneadh ann an 2005, agus na molaidhean air an cur air adhart às dèidh sin le Buidheann Chomhairlean Coimhearsnachd Riaghaltas na h-Alba.

'S e "sgrìobhainn beò" a tha sa phàipear seo agus 's e a rùn taic a thoirt don Dreach Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd agus stiùireadh a tha stèidhichte air deagh chleachdadh. Bheir seo cothrom gach cuid do chomhairlean coimhearsnachd agus ùghdarrasan ionadail air obrachadh còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil an cothrom agus an comas aig comhairlean coimhearsnachd to obrachadh gu h-èifeachdach ann an dòigh fhosgailte, fhollaiseach agus dheimhinneach còmhla ri buidhnean coimhearsnachd eile a' toirt cothrom dhaibh an coimhearsnachd a riochdachadh agus co-dhùnaidhean ro-innleachdail a stiùireadh aig ìre an t-sluaigh.

Bu chòir iarraidh air Comhairlichean Coimhearsnachd ùra seo a leughadh mar phàirt den inntigeadh oir tha e a' toirt dealbh de Chomhairlean Coimhearsnachd agus mar a tha iad ag obrachadh.

Thathar an dùil gum fàs an sgrìobhainn mar a bhios an dàimh eadar ùghdarrasan ionadail agus comhairlean coimhearsnachd a' fàs agus chuireadh sinn fàilte air molaidhean sam bith air mar a dh'fhaodar na tha ann a leasachadh.

Cuiribh ur molaidhean gu Marion Kenmure, Sgioba Dealbhadh Coimhearsnachd, 3-J South, Victoria Quay, Dùn Èideann, EH6 6QQ, no, air post-dealain gu [marion.kenmure@scotland.gsi.gov.uk](mailto:marion.kenmure@scotland.gsi.gov.uk).

Bidh sinn a' beachdachadh air a h-uile moladh agus ag ath-bhreithneachadh na tha san sgrìobhainn gu cunbhalach.

|                                                                                       |           |
|---------------------------------------------------------------------------------------|-----------|
| <b>1. Ro-ràdh agus Bun-fhiosrachadh Chomhairlean Coimhearsnachd</b>                   | <b>3</b>  |
| <b>2. Dleastanas a' Chomhairliche Coimhearsnachd</b>                                  | <b>6</b>  |
| <b>3. Dleastanas Luchd-dreuchd</b>                                                    | <b>7</b>  |
| • Cathraiche                                                                          |           |
| • Iar-chathraiche                                                                     |           |
| • riochd foirmeil agus riochd a bheir comas                                           |           |
| • Rùnaire                                                                             |           |
| • Ionmhasair                                                                          |           |
| <b>4. Modh Ath-bhreithneachaidh an Sgeama</b>                                         | <b>12</b> |
| <b>5. Modhan Taghaidh</b>                                                             | <b>23</b> |
| <b>6. A' cur comhairle ris an sgìre agaibh</b>                                        | <b>26</b> |
| <b>7. A' dèanamh iomairt air na cùisean</b>                                           | <b>29</b> |
| <b>8. A' Riochdachadh do Choimhearsnachd</b>                                          | <b>31</b> |
| <b>9. Leasachadh agus Brosnachadh Ballrachd Òigridh</b>                               | <b>33</b> |
| <b>10. Trèanadh is Leasachadh Chomhairlichean Coimhearsnachd</b>                      | <b>36</b> |
| <b>11. Ballrachd Fòraman Sgìre</b>                                                    | <b>37</b> |
| <b>12. Dealbhadh</b>                                                                  | <b>38</b> |
| <b>13. Prìomh Mhaoineachadh bho Ùghdarrasan Ionadail</b>                              | <b>49</b> |
| <b>14. Taic neo-ionmhasail bho Ùghdarrasan Ionadail</b>                               | <b>54</b> |
| <b>15. Co-chomhairlean agus Modhan Co-dhùnaidh</b>                                    | <b>55</b> |
| <b>16. Dìon Dàta</b>                                                                  | <b>56</b> |
| <b>17. Iarrtasan Ceadachd</b>                                                         | <b>60</b> |
| <b>18. Caochladh Co-ionannachd is Comhairlean Coimhearsnachd</b>                      | <b>61</b> |
| <b>19. Dleastanasan Pàrlamaid (na h-Alba,<br/>na Rìoghachd Aonaichte, na h-Eòrpa)</b> | <b>63</b> |

## **EARRANN 1 CÙL-FHIOSRACHADH AIR COMHAIRLEAN COIMHEARSNACHD**

### **Cùl-fhiosrachadh air Comhairlean Coimhearsnachd**

'S e Comhairlean Coimhearsnachd buidhnean de dhaoine a tha a' toirt an ùine do mhathas-beatha na coimhearsnachd aca, agus aig a bheil fìor ùidh ann. Mar as trice, bidh iad a' coinneachadh aon uair sa mhìos, agus tha am prìomh dhleastanas riochdachail; a' cur comhairle ris a' choimhearsnachd ionadail agus ag innse don ùghdarras ionadail agus buidhnean poblach eile beachdan sluagh na sgìre air a h-uile cùis a tha a' bualadh orra.

'S e dleastanas an ùghdarras ionadail, an lùib seo, comhairle a chur ri comhairlean coimhearsnachd air mar a tha seirbheisean ionadail air an libhrigeadh agus cùisean eile a tha a' toirt buaidh air an coimhearsnachdan. Tha còir comhairle a chur ri comhairlean coimhearsnachd air iarrtasan dealbhaidh sam bith sna sgìrean aca agus tha fiosrachadh air a thoirt dhaibh cuideachd mu iarrtasan ceadachd.

Chaidh comhairlean coimhearsnachd a thòiseachadh tro Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973. Mhìnich an Achd rùn comhairle choimhearsnachd mar:

"faighinn a-mach, co-òrdanachadh agus innse do na h-Ùghdarrasan Ionadail airson na sgìre agus do dh'ùghdarrasan poblach beachdan na coimhearsnachd a thathar a' riochdachadh, an co-cheangal ri cùisean a tha an urra ri na h-ùghdarrasan sin."

Thug seo cothrom do chomhairlean coimhearsnachd a bhith an sàs ann an iomadh seòrsa cùis. Chomharraich suirbhidh a rinn Buidheann Chomhairlean Coimhearsnachd na h-Alba o chionn ghoirid còrr air 1,000 gnìomh eadar-dhealaichte a tha comhairlean coimhearsnachd air a dhèanamh. Ghabh iad sin a-steach leasachadh rathaidean, pròiseactan òigridh, iomairtean àrainneachd, leasachadh goireis agus iomairtean coimhearsnachd.

A thuilleadh air seo, tha mòran gnìomhan anns am faod iad a bhith an sàs a dh'fhaodadh a bhith na bhuannachd don sgìre aca, an dara cuid ag obair nan aonar no an com-pàirteachas le buidhnean eile.

Faodaidh comhairle coimhearsnachd a bhith na bhuidheann iomairt ann an àrdachadh mothachadh air cùisean ionadail sònraichte. 'S urrainn dhaibh a bhith air leth feumail ann an co-òrdanachadh bhuidhnean ionadail nas lugha gus dèanamh cinnteach nach eil stòrasan air an ana-caitheamh agus nach eil buidhnean uile a' feuchainn ris an aon obair a dhèanamh.

Thug Achd Riaghaltas Ionadail Alba 1973 ùghdarras don h-uile ùghdarras ionadail airson comhairlean coimhearsnachd a chuideachadh, gach cuid le maoineachadh agus taic rianachd. Aig an àm seo tha mu 1200 comhairle coimhearsnachd an Alba a' dèiligeadh ri àireamhan-sluaigh bho 35 gu 34,000.

Mar as trice tha crìochan an coimhearsnachdan soilleir, 's ann à sin a thàinig an t-ainm "comhairlean coimhearsnachd". Tha na feartan agus riaghailtean a tha a' suidheachadh nan crìochan sin, a' gabhail a-steach an àireamh de riochdairean comhairle coimhearsnachd, na h-àireamhan-sluaigh a tha iad a' riochdachadh agus am modhan taghaidh air an dearbhadh le gach ùghdarras ionadail a tha an urra riutha tron Sgeama airson Comhairlean Coimhearsnachd,

## **Mar a Thòisich Comhairlean Coimhearsnachd**

Ann an 1800 fhuair Glaschu achd pàrlamaid ionadail gus siostam obair poileis a chur air bhonn, far an robh buidheann de choimiseanairean poileis, air an taghadh le cinn-taighe, air ceann feachd poileis, agus cumail suas chabhsairean, solais agus glanadh nan sràidean.

Fhuair bailtean margaidh Albannach eile achdan ionadail mar sin anns na beagan bhliadhnachan às dèidh sin, a' gabhail a-steach Dùn Èideann ann an 1805. Ann an 1832 agus 1833 dh'atharraich reachdas bailtean margaidh rìoghail agus iomadh baile margaidh baranachd agus rìoghail gu bailtean margaidh pàrlamaideach le comhairlean taghte.

Fo Achd Poileas Bhailtean (Alba) 1850 agus Achd Choitcheann Obair Poileis agus Leasachaidh (Alba) 1862 bha na cumhachdan sin air an leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach àiteachan sluaighmhor a thuilleadh air bailtean, agus mar thoradh air chaidh còrr air 100 'baile poileis' a chruthachadh air feadh Alba.

Anns an dara leth den naoitheamh linn deug bha meudachadh air iarrtasan airson ath-leasachadh nam bailtean margaidh. Bha mòran dhiubh a' fulang bho dhroch stiùireadh ionmhasail agus coirbeachd, gu sònraichte co-cheangailte ri riochdachadh pàrlamaideach, agus bha duilgheadasan aig bailtean nas motha a' cur suas le truailleadh gnìomhachais, òtrachas, glanadh sgudail agus solar uisge.

Chuir Achd Poileas Bhailtean (Alba) 1890 crìoch air an neo-riaghailteachd far an robh buidheann choimiseanairean poileis taghte agus cuideachd comhairle baile aig cuid de bhailtean margaidh, agus thug iad tuilleadh chumhachdan do bhailtean margaidh, le cothrom aca gabhail ri cumhachdan slàinte a' phobaill, obair poileis, cabhsairean, solais agus glanadh tro phròiseas cùirt an t-siorraim seach tro Achd Pàrlamaid.

Ann an 1930, fo Achd Riaghaltas Ionadail (Alba), bha bailtean margaidh air an roinn nan siorrachdan mòr-bhailtean (Glaschu, Dùn Èideann, Obar Dheathain agus Dùn Deagh), bailtean mòra, agus bailtean beaga. Chaidh cur às do bhailtean margaidh ann an 1975 agus aig ìre ionadail, bha comhairlean coimhearsnachd air an cruthachadh.

Bha comhairlean coimhearsnachd air am faicinn gu ìre mar riochdachadh an àite bailtean margaidh beaga, ged a chaidh an tòiseachadh ann an sgìrean bailteil agus dùthchail. Ann an 1996 chaidh na structairean ùghdarras aonaichte a tha ann an-dràsta cuideachd a chur an àite an t-siostam comhairlean sgìre agus roinneil a thòisich ann an 1975.

## **Gnìomhan Comhairle Coimhearsnachd**

Gu ìre mhòr tha an obair aca a' mìneachadh comhairlean coimhearsnachd. Chithear cho farsaing 's a tha an rùin reachdail ann an iomadh seòrsa gnìomh a tha a' cur ri diofar obair. 'S e aon dòigh air prìomh obair comhairlean coimhearsnachd a mhìneachadh gum bi iad a' cumail choinneamhan gu cunbhalach, gu tric gach mìos. Ach, tha na gnìomhan a nì comhairlean coimhearsnachd eadar coinneamhan cudromach ann an dearbhadh an èifeachdas mar riochdairean coimhearsnachd.

Tha eadar-dhealachadh mòr eadar agus taobh a-staigh comhairlean coimhearsnachd agus bidh an fheadhainn as gnìomhaiche gu cunbhalach:

- a' sgrìobhadh litrichean às dèidh coinneamh den chomhairle coimhearsnachd gus cùis a shònrachadh
- a' frithealadh choinneamhan còmhla ri oifigearan poblach
- a' cumail coinneamh phoblach an dara cuid gu cunbhalach no ann am freagairt cùis shònraichte, no gus faighinn a-mach dè na h-iomagainean a tha taobh a-staigh na coimhearsnachd
- a' dèanamh suirbhidhean san sgìre, mar as trice tro cheisteachain
- a' coinneachadh ri comhairlean coimhearsnachd eile no buidhnean coimhearsnachd eile
- a' sgrìobhadh freagairt ri dreachd aithisg poileasaidh no sgrìobhainn co-chomhairleachaidh
- a' faighinn agus a' freagairt cheistean agus dhuilgheadasan air an togail le buill den phoball
- a' cur riochdairean a fhrithealadh coinneamh de chomataidh sgìre na comhairle, buidheann comhairleachaidh no com-pàirteachas ath-bheothachaidh
- a' cur litir-naidheachd ri chèile agus ga libhrigeadh chun a h-uile dachaidh san sgìre, no aig a bheil làrach-lìn
- a' dèanamh ullachadh airson oifigearan poblach no daoine eile coinneamhan den chomhairle coimhearsnachd a fhrithealadh san àm ri teachd
- a' deasbad còdan cleachdaidh le ùghdarrasan ionadail
- a' cur air dòigh tachartasan coimhearsnachd mar làithean fèill, no làithean glanaidh gus a' chomhairle coimhearsnachd adhartachadh.

## **EARRANN 2 – DLEASTANAS A' CHOMHAIRLICHE COIMHEARSNACHD**

Mar chomhairliche coimhearsnachd tha e cudromach gun tuig thu bho thùs gum feum pàirt a bhith agad sa choimhearsnachd. Tha seo a' ciallachadh chan e dìreach a' toirt do bheachdan fhèin air cùisean ionadail, no a' dèanamh co-dhùnaidhean a tha stèidhichte air d' ùidhean fhèin.

Tha dleastanas a' chomhairliche coimhearsnachd ag iarraidh gun riochdaich thu beachdan do choimhearsnachd, no do earrann den choimhearsnachd. Gabhaidh seo a-steach beachdachadh air cùisean còmhla ri daoine sa choimhearsnachd gus am beachdan a shoilleireachadh agus neart am faireachdainn air diofar chuspairean a mheasadh.

Bhiodh e math cuideachd iarraidh air daoine cùisean a thoirt thugad a thogas tu aig coinneamhan comhairle coimhearsnachd. Feuch ri firinn na cùise fhaighinn a-mach, ach, mus toir thu nithean chun na comhairle coimhearsnachd, agus ma tha dà thaobh air an sgeulachd, dèan cinnteach gun tèid an dà thaobh a chur air adhart. Chan fhiach ùine a thoirt suas aig coinneamhan a' bruidhinn air duilgheadasan a tha stèidhichte air dìreach mì-thuigsinn no claon-chunntas air na cùisean.

Aig àm air choireigin 's dòcha gun èirich beagan còmhstri eadar na beachdan agus ùidhean pearsanta agad fhèin agus na coimhearsnachd a tha thu a' riochdachadh. Ma dh'èireas suidheachadh mar sin, feuch ri dèanamh cinnteach gun cuir thu beachdan na coimhearsnachd air thoiseach. Thathar air dearbhadh ma bheirear prìomhachas do bheachdan dhaoine air a' chomhairle coimhearsnachd chan fhada gus an caill a' choimhearsnachd earbsa sa chomhairle coimhearsnachd agus 's dòcha gun caill a h-obair luach an dèidh làimhe.

Aig amannan, 's dòcha gum bi e deatamach agus iomchaidh com-pàirt san nì fo dheasbad fhoillseachadh agus tarraing air ais bhon deasbad agus bhon cho-dhùnadh.

'S e dleastanas comhairle coimhearsnachd sam bith a bhith ag aithneachadh feuman agus iarrtasan na coimhearsnachd aice agus a' dèanamh co-dhùnaidhean a leanas gu obair iomchaidh sa choimhearsnachd sin. Aig àm air choireigin dh'fhaodadh seo gabhail a-steach suidheachadh phrìomhachasan air feuman eadar-dhealaichte diofar earrannan den choimhearsnachd.

Tha farpais agus còmhstri nàdarrach ann an coimhearsnachd sam bith, agus cha bu chòir dhut feuchainn rin seachnadh. 'S e tha cudromach gun tèid thu an sàs ann am farpais no còmhstri cothromach agus reusanta. Tha seo a' ciallachadh gun gabhar beachd cothromach air feuman agus iarrtasan do choimhearsnachd agus gum faigh riochdairean bho dhiofar bhuidhnean iomairt sa choimhearsnachd agad èisteachd cothromach. Gu sònraichte, bu chòir dhut feuchainn nach toir claon-bhreith no claon-bhàigh buaidh ort, eadar gum buin e do chinneadh, creideamh, gnè no "ainm" sam bith eile a bhithear a' toirt do dhaoine agus chùisean ionadail.

## **EARRANN 3 - DLEASTANAS LUCHD-DREUCHD**

### **An Cathraiche**

'S dòcha gur ann aig a' Chathraiche a tha am pàirt singilte as cudromaiche ann an dèanamh cinnteach gun ruith coinneamhan comhairle coimhearsnachd gu dòigheil. ach a dh'aindeoin dè cho math 's a tha Cathraiche bidh an obair trom air mur toir a h-uile ball den chomhairle coimhearsnachd spèis agus taic iomchaidh dha.

Tha an Cathraiche air a thaghadh ann na co-rèir ri na riaghailtean ann am Bun-reachd na comhairle coimhearsnachd fhèin. Bu chòir dhuibh lethbhreac fhaighinn bhon Rùnaire. Tha am Bun-reachd fìor chudromach oir tha am frèam mhodhan ann a bhios a' riaghladh obair do chomhairle coimhearsnachd.

'S e dleastanas a' Chathraiche dèanamh cinnteach gun tigear gu co-dhùnidhean air a h-uile nì a tha sa Chlàr-gnothaich. Mar as trice tha seo a' ciallachadh gum feum an Cathraiche breithneachadh dè an ùine a bheirear do gach nì sa Chlàr-gnothaich. Tha e cuideachd a' ciallachadh gur dòcha gum feum e no i bho àm gu àm luchd-labhairt a thoirt air ais chun a' Chlàr-gnothaich agus 's dòcha iarraidh air daoine an òraidean a chumail goirid agus cumail ris a' chuspair.

Ann an coinneamhan cunbhalach 's e dreuchd foirmeil a tha aig a' Chathraiche, bithear a' sùileachadh gun cuir a h-uile neach-labhairt am beachdan ris a' Chathraiche. Tha seo a' cuideachadh a' Chathraiche smachd a chumail air an deasbad. Ann an coinneamhan Comataidh, far nach fheum imeachdan a bhith cho foirmeil, 's dòcha gum bi an Cathraiche toilichte dìreach an taobh a tha an deasbad a' dol a stiùireadh – dh'fhaodadh seo a bhith air a mhineachadh mar riochd a bheir comas. Bidh an ìre gun gabh Cathraiche ri aon seach aon dhiubh an urra ris an t-suidheachadh aig àm no suidheachadh sònraichte. Tha cuid de fheartan an dà dhòigh-obrach gu h-ìosal.

'S dòcha nas cudromaiche buileach, thathar a' sùileachadh gum bi fios aig a' Chathraiche air na riaghailtean ris a bheil a' chomhairle coimhearsnachd ag obrachadh, agus gun dèan e cinnteach aig a h-uile ìre den obair aige gu bheil a' chomhairle coimhearsnachd ag obrachadh an co-rèir ri modhan sam bith a tha air an comharrachadh. San t-suidheachadh seo 's dòcha gun iarraidh air a' Chathraiche a bhith na neach-rèiteachaidh nuair a tha eas-aonta mu ciamar a bu chòir na riaghailtean a bhreithneachadh.

Tha e cudromach tuigsinn gu bheil dleastanas a' Chathraiche a' leudachadh taobh a-muigh na coinneimh fhèin. 'S dòcha gun tèid iarraidh air a'

Chathraiche obrachadh às leth na comhairle coimhearsnachd eadar coinneamhan, no a' chomhairle coimhearsnachd a riochdachadh ann an dèiligeadh ri buidhnean bhon taobh a-muigh. Faodaidh a' chomhairle coimhearsnachd an dleastanas seo a thoirt do luchd-dreuchd no buill eile cuideachd.

Glè thric tha an Cathraiche air fhaicinn mar an neach-labhairt "oifigeil" airson na comhairle coimhearsnachd agus feumar faicinn gu bheil e ùghdarrasail agus cothromach anns na gnothaichean uile aca ri gach seòrsa buidheann, daoine agus na Meadhanan.

### **Dleastanas an Iar-chathraiche**

Chan eil dleastanasan sònraichte aig an Iar-chathraiche ach a-mhàin seasamh a-steach airson a' Chathraiche nuair nach urrainn dha no dhi a bhith an làthair. Gu tric 's e an Iar-chathraiche an ath "Chathraiche ri teachd".

### **Riochd Foirmeil agus Riochd a bheir Comas**

Aig coinneamhan, faodar a ràdh gu bheil dà phrìomh dhleastanas aig a' Cathraiche - riochd foirmeil agus cuideachd riochd a bheir comas. Tha mion-chunntas sa chlàr a leanas air diofar eileamaidean an dà dhleastanas sin:

| <b>AN CATHRAICHE FOIRMEIL</b>                 | <b>AN CATHRAICHE A BHEIR COMAS</b>                                                                                 |
|-----------------------------------------------|--------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| <i>Dleastanas agus uallaichean coitcheann</i> |                                                                                                                    |
| Dèanamh cinnteach gum bi cùisean cothromach   | Lorg a bhith agaibh air dleastanas/amasan na coinneimh                                                             |
| Cumail smachd                                 | Cuideachadh le soilleireachadh amasan                                                                              |
| A bhith neo-phàirteach                        | Cuideachadh na buidhne a' gabhail uallach airson na thathar airson a thoirt gu buil agus a ghnìomhan a choileanadh |
| Smachd a chumail air d' fhaireachdainnean     |                                                                                                                    |
| <i>Clàr-gnothaich agus cumail ris an uair</i> |                                                                                                                    |
| Fosgladh na coinneimh                         | Ruith tron chlàr-gnothaich aig an toiseach agus faighinn aonta na coinneimh air a shon                             |
| Toirt iomradh air gach nì sa chlàr-gnothaich  | Cur air dòigh ro-làimh neach a bheir iomradh air gach nì sa chlàr-gnothaich                                        |



| <b>AN CATHRAICHE FOIRMEIL</b>                                                        | <b>AN CATHRAICHE A BHEIR COMAS</b>                       |
|--------------------------------------------------------------------------------------|----------------------------------------------------------|
| A bhith eòlach air a h-uile nì sa chlàr-gnothaich                                    | Cunntas a thoirt do dhaoine a tha fadalach               |
| Faighinn tron chlàr-gnothaich san ùine shuidhichte                                   | Cumail ris an uair                                       |
| Measadh ciamar a chaidh a' choinneamh                                                |                                                          |
| <i>Deasbad</i>                                                                       |                                                          |
| Taghadh luchd-labhairt                                                               | Brosnachadh agus cuideachadh na h-uile gu gabhail pàirt  |
| Toirt gearr-chunntas air an deasbad                                                  | Brosnachadh cur an cèill diofar bheachdan                |
| Toirt an deasbad gu crìch                                                            | Brosnachadh dhaoine cumail ris a' chuspair               |
| Dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' cumail ris a' chuspair                          | Soilleireachadh agus toirt gearr-chunntas air an deasbad |
| A dhèanamh sàbhailte bruidhinn air faireachdainnean                                  |                                                          |
| Moladh dhòighean air còmhstri a làimhseachadh                                        |                                                          |
| <i>Dèanamh co-dhùnaidhean agus bhòtadh</i>                                           |                                                          |
| Dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean air an dèanamh agus air an aontachadh      | Moladh structairean airson dèanamh co-dhùnaidhean        |
| Co-dhùnadh cuin agus cur air adhart a' bhòt                                          | Lorg agus dearbhadh cùisean far a bheil aonta            |
| <i>Riaghailtean</i>                                                                  |                                                          |
| Dèanamh cinnteach gun deach a' choinneamh a ghairm ann an co-rèir ri na riaghailtean |                                                          |
| Deagh eòlas a bhith agaibh air na riaghailtean                                       |                                                          |
| Riaghailtean air puingeann òrduigh agus modh                                         |                                                          |

| <b>AN CATHRAICHE<br/>FOIRMEIL</b>                          | <b>AN CATHRAICHE A BHEIR COMAS</b>                          |
|------------------------------------------------------------|-------------------------------------------------------------|
| <i>Taobh a-muigh na coinneimh</i>                          |                                                             |
| Obrachadh às leth na buidhne                               |                                                             |
| Leantainn co-dhùnaidhean a rinneadh aig coinneamhan        |                                                             |
| Riochdachadh na Comhairle do bhuidhnean bhon taobh a-muigh |                                                             |
| Dèanamh cinnteach gun dèan cuideigin co-dhùnaidhean        | Dèanamh cinnteach gu bheil uallach airson obair air a roinn |

## An Rùnaire

Tha uallach air an Rùnaire airson:

- An Clàr-gnothaich
- Geàrr-chunntas na coinneimh
- Freagairt a h-uile conaltradh
- Sgrìobhadh litrichean sam bith
- Cuairteachadh fiosrachaidh gu Buill
- Dàimh phoblach, a' dèiligeadh ri na meadhanan, Telebhisean agus rèidio (dh'fhaodadh a' chomhairle coimhearsnachd co-dhùnadh an dleastanas seo a thiomnadh chun a' Chathraiche, no riochdaire sònraichte bho na meadhanan)
- Coimhead às dèidh luchd-labhairt agus luchd-tadhail eile
- Cur air dòigh an àite airson coinneamhan
- Dèanamh ceangal ri oifigearan den ùghdarras ionadail agus buidhnean eile

Airson a bhith soirbheachail, feumaidh Comhairle Coimhearsnachd Rùnaire èasgaidh agus dicheallach a tha deònach an ùine agus an oidhirp a dh'fheumar a chur a-steach. Tha e air leth feumail airson a h-uile Ball, ach gu h-àraidh an Cathraiche, cudrom-obrach an Rùnaire a sgaoileadh tro, mar eisimpleir, cuid de na h-uallaichean aige no aice a thiomnadh gu daoine eile, an dara cuid nan aonar no gu fo-chomataidhean beaga. Chan eil e math cus uallach a chur air do Rùnaire – 's dòcha gum bi e doirbh saor-thoilich fhaighinn! Faodar na dleastanasan a thoirt do bharrachd air aon neach, mar eisimpleir cuideigin a bhith ann an dreuchd Rùnaire Gheàrr-chunntasan – a' sgrìobhadh nan geàrr-chunntas aig coinneamhan.

Tha e riatanach gum bi cothrom aig an Rùnaire air goireasan facladaireachd agus lethbhreacaidh.

## **An t-Ionmhasair**

Tha uallach air an Ionmhasair airson:

- toirt seachad na seicichean uile agus dèanamh pàighidhean às leth na Comhairle Coimhearsnachd agus buidhnean carthannais agus/no maoin sam bith eile air a riarachadh leis a' Chomhairle.
- rianachd a' chunntas banca, cumail cunntas air a h-uile maoin a fhuair, agus dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a chosg amhàin mar a chaidh aontachadh le Buill na Comhairle Coimhearsnachd agus mar a tha air a chlàradh sa gheàrr-chunntas.
- cumail clàran ionmhais na Comhairle Coimhearsnachd gus am foillsich iad gu ceart, aig àm sam bith, suidheachadh ionmhasail na Comhairle Coimhearsnachd.
- dèanamh cinnteach gu bheil seicichean air an soidhneadh le dithis dhaoine ùghdarraichte le Buill na Comhairle Coimhearsnachd mar a tha air a chlàradh sa gheàrr-chunntas, agus gun tèid innse don bhanca ann an sgrìobhadh. Tha e math barrachd air dithis ùghdarraichte a bhith ann, gun fhios nach biodh cuideigin a dhìth nuair a bhiodh feum air. Sa chumantas, cha bu chòir do dh'Ionmhasairean airgead a phàigheadh amach ach le seic. Tha seo a' dèanamh cunntasachd airson caiteachas mòran nas fhasa.
- cumail cunntasan ceart air a h-uile teachd-a-steach agus cosgais agus ullachadh Aithris air Cunntasan Bliadhnail. Bu chòir Comhairlean às-sgrùdaire neo-eisimeileach a chleachdadh airson na cunntasan aontachadh. Chan e cunntasair proifeiseanta a dh'fheumas a bhith ann, ach bu chòir beagan eòlas buntainneach a bhith aige, m.e. neach-cumail leabhraichean airson ionad coimhearsnachd ionadail, buidheann taigheadais ionadail (LHO), no comann taigheadais.
- cunntas a thoirt air ceistean sam bith a chaidh a thogail le Buill den Chomhairle no den phoball mun **Aithris** agus am freagairt, feumaidh seo a bhith air aontachadh gu foirmeil aig an ath AGM. Nuair a bhios aithris air a dhearbhadh agus air aontachadh, bu chòir a chur chun an ùghdarras ionadail, mar phàirt de thagradh airson an tabhartas rianachd bliadhnail.
- 'S e am briathrachas gnàthach airson Teisteanas an Ionmhasair:

***“Tha mi a’ dearbhadh gun do dh’ullaich mi na cunntasan gu h-àird agus gu bheil iad a’ toirt sealladh ceart air an ullachadh a thaobh ionmhais airson na h-ùine .....”***

- ullachadh buidseatan sìmplidh gus Buill a chomhairleachadh mus geall iad maoineachadh a thoirt seachad.

*Gheibhear tuilleadh comhairle ann an earrann 13 air Prìomh mhaoineachadh.*

Tha a' chuid as motha den stiùireadh ceum air cheum seo air modh ath-bhreithneachaidh airson Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd air a thoirt bhon chiad fhoillseachadh aig Oifis na h-Alba: **Local Authorities and Community Councils: Enhancing the Relationship.** Ach, a' cur ris an stiùiridh seo tha eisimpleir practaigeach de chlàr-ama le modh co-dhùnaidh; agus Fiosan Naidheachd airson modh ath-bhreithneachaidh a thoirt gu buil.

Tha an stèidh reachdail airson stèidheachadh chomhairlean coimhearsnachd ann an Earrannan 51 gu 55 de Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973. A' cur ris tha Earrann 22 de Achd Riaghaltas Ionadail msaa. (Alba) 1994. Mar sin, airson mìneachadh ceart air .....

### **Tha an Reachd ag Ràdh:-**

Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973

"51. - (1) Cuiridh a h-uile ùghdarras ionadail, ro 16th Cèitean 1976, no ceann-là an dèidh làimhe a bhios air aontachadh le Rùnaire na Stàite, a-steach gu Rùnaire na Stàite, an co-rèir ri ullachaidhean na h-Earrainn seo den Achd, sgeama airson stèidheachadh chomhairlean coimhearsnachd airson na sgìre aca.

(2) A thuilleadh air adhbhar sam bith eile a dh'fhaodas comhairle coimhearsnachd a leantainn, sa chumantas 's e adhbhar comhairle coimhearsnachd a bhith a' faighinn a-mach, a' co-òrdanachadh agus ag innse do na h-ùghdarrasan ionadail airson na sgìre, agus do dh'ùghdarrasan poblach, beachdan na coimhearsnachd a tha iad a' riochdachadh, an co-cheangal ri na cùisean a tha an urra ri na h-ùghdarrasan sin, agus dèanamh na tha iad a' meas iomchaidh agus ion-dhèanta airson math na coimhearsnachd sin.

51. - (3) Air ais-ghairm.

52. - (1) Bheir a h-uile ùghdarras ionadail fios poblach gu bheil iad an dùil sgeama a dhealbhadh airson stèidheachadh chomhairlean coimhearsnachd, agus bheir fios sam bith mar sin cuireadh don phoball, taobh a-staigh ochd seachdainean aig a' char nas lugha bho cheann-là an fhios, molaidhean a dhèanamh a thaobh sgìrean agus buill nan comhairlean coimhearsnachd.

(2) Às dèidh beachdachadh air na molaidhean a rinneadh fo fho-earrann (1) gu h-àird, bidh an t-ùghdarras ionadail ag ullachadh agus a' toirt fios poblach air dreachd sgeama anns am bi -

(a) mapa a' sealltainn crìochan nan sgìrean comhairlean coimhearsnachd a

chaidh am moladh agus na h-àireamhan-sluaigh a tha annta, agus crìochan sgìre sam bith far a bheil an t-ùghdarras ionadail den bheachd nach fheumar comhairle coimhearsnachd;

(b) far a bheil ùghdarras ionadail den bheachd nach fheumar comhairle coimhearsnachd airson sgìre sam bith, aithris air an adhbharan airson a thighinn chun a' cho-dhùnaidh seo;

(c) ullachaidhean a bhuineas do bharrantas luchd-bhòtaidh, taghaidhean no ullachaidhean bhòtaidh eile, buill, coinneamhan, ionmhasachadh agus cunntasan chomhairlean coimhearsnachd;

(d) ullachaidhean a thaobh nam modhan a bhios air an cleachdadh tron toir na comhairlean coimhearsnachd air an dara làimh agus na h-ùghdarrasan ionadail agus poblach le uallaichean ann an sgìrean nan comhairlean coimhearsnachd air an làimh eile fiosrachadh do chàch a chèile air cùisean coitcheann; agus

(e) fiosrachadh sam bith eile a shaoileas an t-ùghdarras ionadail a chuidicheadh a' mhòr-shluagh gus measadh reusanta a dhèanamh air an sgeama.

(3) Bheir am fios air ainmeachadh ann am fo-earrann (2) gu h-àird cuireadh don phoball, taobh a-staigh ochd seachdainean aig a' char nas lugha bho cheann-là an fhios, riochdachaidhean a dhèanamh chun an ùghdarras ionadail mun dreachd sgeama.

(4) Às dèidh beachdachadh air riochdachaidhean sam bith a rinneadh fo fho-earrann (3) gu h-àird, 's dòcha gun atharraich an t-ùghdarras ionadail an dreachd sgeama gus na riochdachaidhean sin a gabhail a-staigh agus cuiridh iad an sgeama gu Rùnaire na Stàite airson aonta còmhla ri riochdachaidhean sam bith eile a rinneadh agus am beachdan orra.

(5) Dh'fhaodadh Rùnaire na Stàite, às dèidh rannsachadh ionadail a chumail, ma chì e sin iomchaidh, an co-cheangal ris an sgeama air fad no pàirt sam bith dheth, sgeama a chaidh a chur a-steach thuige fo fho-earrann (4) gu h-àird aontachadh, le no gun mhion-atharrachaidhean, no dh'fhaodadh e an sgeama, gu h-iomlan no pàirt dheth, a chur air ais chun an ùghdarras ionadail sin airson tuilleadh beachdachaidh.

(6) Às dèidh do Rùnaire na Stàite sgeama aontachadh, bheir an t-ùghdarras ionadail fios poblach mun sgeama san riochd a chaidh aontachadh còmhla ri fios poblach mun sgeama sin mar a bhuineas e do gach sgìre a chaidh a mholadh, tro thaisbeanadh san sgìre sin, agus bidh cuireadh ann am fios sam bith mar sin gu luchd-bhòtaidh na sgìre sin tagradh a chur ann an sgrìobhadh chun an ùghdarras ionadail airson stèidheachadh comhairle coimhearsnachd ann na co-rèir ris an sgeama.

(7) Far an cuir 20 luchd-bhòtaidh aig a' char as lugha tagradh mar a tha air ainmeachadh ann am fò-earrann (6) gu h-àird, cuiridh an t-ùghdarras ionadail, taobh a-staigh sia seachdainean aig a' char as fhaide bho cheann-là an iarrtais, air dòigh, ann na co-rèir ris an sgeama, taghaidhean no ullachaidhean bhòtaidh eile airson stèidheachadh na comhairle coimhearsnachd.

53. - (1) A' toirt aire do shuidhichidhean a tha ag atharrachadh agus do riochdachaidhean sam bith a fhuair iad, nì a h-uile ùghdarras ionadail bho àm gu àm sgrùdadh air sgeamaichean air an dèanamh agus air an aontachadh fo earrann 52 den Achd seo agus, far a bheil iad den bheachd gum bu chòir an sgeama sin atharrachadh, bheir iad fios poblach air na molaidhean aca, le cuireadh gu comhairle coimhearsnachd sam bith ris am buin seo agus chun a' mhòr-shluagh riochdachaidhean a dhèanamh ris an ùghdarras ionadail mu na molaidhean.

(2) Beachdaichidh an t-ùghdarras ionadail air riochdachaidhean sam bith a rinneadh fo fho-earrann (1) gu h-àird agus 's dòcha gun atharraich iad an sgeama ann na co-rèir ri -

(a) na molaidhean a fhuair iad; no

(b) na molaidhean sin mar a chaidh an atharrachadh gus riochdachaidhean sam bith mar sin a ghabhail a-staigh.

Cho fad 's nach bi an sgeama air atharrachadh fo pharagraf (b) den fho-earrann seo mur tugadh fios poblach mu na h-atharrachaidhean ri na molaidhean còmhla ri cuireadh eile airson riochdachaidhean a dhèanamh fo fho-earrann (1) gu h-àird.

(3) Bidh co-dhùnadh den ùghdarras ionadail -

(a) airson sgeama ath-bhreithneachadh, fo fho-earrann (1) gu h-àird; no

(b) airson sgeama atharrachadh, fo fho-earrann (2) gu h-àird,

*tro* rùn air aontachadh le dithis a-mach à triùir aig a' char as lugha de na buill a tha a' bhòtadh air aig coinneamh ùghdarras ionadail air a gairm gu sònraichte airson an adhbhair sin le fios mun chùis.

54. Air ais-ghairm.

55. Faodaidh comhairlean airson sgìrean riaghaltais ionadail an taic a chì iad fhèin iomchaidh a chur ri cosgaisean chomhairlean coimhearsnachd taobh a-staigh nan sgìrean aca, iasadan a thoirt do na comhairlean sin agus faodaidh iad, ma thig iarrtas bho na comhairlean coimhearsnachd sin, luchd-obrach, seirbheisean, togalaichean, àirneis, carbadan agus uidheam a thoirt dhaibh, le

na comhairlean a' tighinn gu aonta eatorra dè dh'fheumar a phàigheadh.

Achd Riaghaltas Ionadail msaa (Alba) 1994

22. - (1) A rèir fo-earrann (2) gu h-ìosal, bidh sgeamaichean airson stèidheachadh chomhairlean coimhearsnachd air an dèanamh agus air an aontachadh fo earrann 52 de Achd 1973, a' gabhail a-steach sgeamaichean sam bith mar sin mar a chaidh an atharrachadh le earrann 53 den Achd sin, a tha air an cur an gnìomh dìreach ro 1 Giblean 1996 fhathast èifeachdach a thaobh na sgìre, no am pàirt de sgìre, dom buin iad air a' cheann-là sin agus às a dhèidh.

(2) Gun bheum don dleastanas fo earrann 53 de Achd 1973, air agus às dèidh 1 Giblean 1996, faodaidh ùghdarras ionadail sgeama (no sgeama atharraichte) a chùl-ghairm mar a tha air ainmeachadh ann am fo-earrann (1) gu h-àird cho fad 's a bhuineas e don sgìre aca agus sgeama ùr a dhèanamh ann na co-rèir ris an earrann seo.

(3) Far am mol ùghdarras ionadail sgeama ùr a dhèanamh mar a tha air ainmeachadh ann am fo-earrann (2) gu h-àird -

(a) bheir iad fios poblach gu bheil iad an dùil an sgeama a tha ann a chùl-ghairm agus sgeama ùr a dhèanamh airson stèidheachadh chomhairlean coimhearsnachd, agus bheir fios sam bith mar sin cuireadh don phoball, taobh a-staigh ochd seachdainean aig a' char as lugha bho cheann-là an fhios, molaidhean a dhèanamh a thaobh sgìrean agus buill nan comhairlean coimhearsnachd;

(b) às dèidh beachdachadh air molaidhean a rinneadh fo pharagraf (a) gu h-àird, bidh na t-ùghdarras ionadail ag ullachadh agus a' toirt fios poblach air an dreachd sgeama anns am bi -

(i) mapa a' sealltainn crìochan sgìrean nan comhairlean coimhearsnachd a chaidh am moladh agus an àireamhan-sluaigh, agus crìochan sgìre sam bith airson a bheil an t-ùghdarras ionadail seo den bheachd nach fheumar comhairle coimhearsnachd;

(ii) far a bheil ùghdarras ionadail den bheachd nach fheumar comhairle coimhearsnachd airson sgìre sam bith, aithris air an adhbharan airson a thighinn chun a' cho-dhùnaidh sin;

(iii) ullachaidhean a bhuineas do bharrantas luchd-bhòtaidh, taghaidhean no ullachaidhean bhòtaidh eile, buill, coinneamhan, ionmhasachadh agus cunntasan chomhairlean coimhearsnachd;

(iv) ullachaidhean a thaobh nam modhan a bhios air an cleachdadh tron toir na comhairlean coimhearsnachd air an dara làimh agus na h-ùghdarrasan



ionadail agus poblach le uallaichean ann an sgìrean nan comhairlean coimhearsnachd air an làimh eile fiosrachadh do chàch a chèile air cùisean coitcheann; agus

(v) fiosrachadh sam bith eile a shaoileas an t-ùghdarras ionadail a chuidicheadh a' mhòr-shluagh gus measadh reusanta a dhèanamh air an sgeama;

(c) bheir am fios a tha air ainmeachadh ann am paragraf (b) gu h-àird cuireadh don phoball, taobh a-staigh 8 seachdainean aig a' char nas lugha bho cheann-là an fhios, riochdachaidhean a dhèanamh chun an ùghdarras ionadail a thaobh an dreachd sgeama;

(d) às dèidh beachdachadh air riochdachaidhean sam bith a rinneadh fo pharagraf (c) gu h-àird, faodaidh an t-ùghdarras ionadail, às dèidh fios poblach a thoirt air na h-atharrachaidhean ri na molaidhean agus cuireadh eile a thoirt airson riochdachaidhean a dhèanamh, an dreachd sgeama atharrachadh gus na riochdachaidhean sin a ghabhail a-staigh agus an aontachadh;

(e) bheir an t-ùghdarras ionadail fios poblach.

Gus an t-ath-bhreithneachadh air a bhuileachadh gu practaigeach, faodar an reachdas a bhriseadh sìos ann an ceuman, le grunn ghniomhan rin dèanamh taobh a-staigh gach ceum. Dh'fhaodadh gum bi beagan eadar-dhealachaidh a thaobh mar a bhios seo air a dhèanamh le ùghdarrasan ionadail fa leth. Mar eisimpleir, 's dòcha gum bi na h-ùineachan co-chomhairleachaidh reachdail de 8 seachdainean air an leudachadh gu 12 seachdainean a rèir inbhean co-chomhairleachaidh nàiseanta.

## **Co-dhùnadh airson Sgeama atharrachadh**

Dh'fhaodadh iomadh adhbhar a bhith aig ùghdarras ionadail beachdachadh air Sgeama atharrachadh, sa chumantas; fearann ionadail ag atharrachadh, gluasad sluaigh, agus airson a' chuid as motha de dh'ùghdarrasan ionadail aig an àm seo (2009), aonta Riaghaltas na h-Alba, CoSLA agus Buidheann Chomhairlean Coimhearsnachd na h-Alba ri Dreach Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd, le sgrìobhainnean na chois, a bha air fhoillseachadh às dèidh obair co-chomhairleachaidh air iomchaidheachd air feadh Alba.

1. Bu chòir coinneamh Comhairle Shònraichte (thoir aire gur e coinneamhan Comhairle Shònraichte, air a cumail airson an adhbhair sin, a bu chòir a bhith sa h-uile coinneamh Comhairle air an ainmeachadh san earrann seo. 'S e an dòigh as cumanta airson seo na coinneamhan Comhairle Shònraichte (air an cumail dìreach ro na coinneamhan Comhairle air a' chlàr-ama) beachdachadh air aithisg air an rùn airson Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd atharrachadh fo Earrann 53. - (1) de Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973.

2. Às dèidh an aithisg aontachadh, tha 2Fios Poblach mun seo air fhoillseachadh sna Meadhanan ionadail le ùine co-chomhairleachaidh 8-seachdain aig a' char as lugha airson riochdachaidhean sam bith a bhith air an dèanamh air: **'dreachd atharraichte de sgìrean agus buill nan comhairlean coimhearsnachd'**.

3. Bidh coinneamh Comhairle Shònraichte a' beachdachadh air aithisg air toradh an obair co-chomhairleachaidh air an dreachd atharraichte de sgìrean agus buill nan comhairlean coimhearsnachd; agus cuideachd, air na tha san dreachd Sgeama atharraichte a chaidh a mholadh.

4. Às dèidh an aithisg aontachadh, tha dara 3Fios Poblach mun seo air fhoillseachadh sna Meadhanan ionadail le ùine co-chomhairleachaidh 8-seachdain aig a' char as lugha airson riochdachaidhean sam bith a bhith air an dèanamh air an: **'dreachd Sgeama atharraichte'**.

5. Bidh coinneamh Comhairle Shònraichte a' beachdachadh air aithisg air subsaint agus aonta an dreachd Sgeama atharraichte.

6. Às dèidh an aithisg aontachadh, tha treas 4Fios Poblach mun seo air fhoillseachadh sna Meadhanan ionadail le, sa chumantas, ùine co-chomhairleachaidh 4-seachdain airson riochdachaidhean deireannach sam bith a bhith air an dèanamh air an dreachd Sgeama atharraichte, còmhla ri sgrìobhainnean co-cheangailte, a' gabhail a-steach crìochan comhairle coimhearsnachd.

7. Bidh coinneamh Comhairle Shònraichte a' beachdachadh air riochdachaidhean deireannach agus ag aontachadh an 'Sgeama Atharraichte airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd'.

8. Tha ceathramh 5Fios Poblach air fhoillseachadh **'mun Sgeama san riochd atharraichte còmhla ri Fios Poblach den Sgeama sin mar a bhuineas e do gach sgìre a chaidh a mholadh, tro thaisbeanadh san sgìre sin, agus bheir fios sam bith mar sin cuireadh do luchd-bhòtaidh san sgìre sin (\*far nach eil comhairle coimhearsnachd air a stèidheachadh aig an àm seo) tagradh a chur ann an sgrìobhadh chun an ùghdarrais ionadail airson stèidheachadh comhairle coimhearsnachd ann na co-rèir ris an Sgeama atharraichte'**. Bidh na comhairlean coimhearsnachd a tha stèidhichte mar-thà ag obrachadh san dòigh àbhaisteach fon Sgeama ùr gus an tig àm cinn-là òrdaichte ùr an taghaidh.

Aig amannan 's dòcha nach tarraing ùine co-chomhairleachaidh riochdachaidhean no riochdachaidhean tàbhachdach sam bith. Ach, leis an reachdas a' toirt dòigh-obrach ceum air cheum, 's e an ùine sgrùdaidh reachdail iomlan a bu chumanta 8-seachdainean, 8-seachdainean agus an uair sin, 4-seachdainean.

\*Chan fheumar iarraidh athchuinge a thoirt don Chomhairle airson stèidheachadh comhairle coimhearsnachd ma tha comhairle coimhearsnachd stèidhichte san sgìre mar-thà oir bheireadh an Sgeama ùr a' toirt còir dhaibhsan cumail a' dol mar a bha iad.

## CLÀR-AMA STIÙIRIDH AIRSON ATH-BHREITHNEACHADH AIR 'SGEAMA NA COMHAIRLE AIRSON STÈIDHEACHADH CHOMHAIRLEAN COIMHEARSNACHD'

| <u>CEANN-LÀ</u> | <u>TACHARTAS</u>                                                                                                                                    | <u>MÌNEACHADH</u>                                                                                                                                                                                                                         |
|-----------------|-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| 1. Gearran      | Coinneamh Comhairle Shònraichte.<br><br><b>Gach cuid sgìrean agus buill agus an dreachd Sgeama atharraichte agus sgrìobhainnean co-cheangailte.</b> | Mar phàirt den aithisg air an sgeama chomhairlean coimhearsnachd làithreach, a' Chomhairle ri beachdachadh air moladh airson an sgeama a tha ann atharrachadh agus sgeama ùr a dhèanamh airson stèidheachadh chomhairlean coimhearsnachd. |
| 2. Gearran      | <b>(2)</b> Foillseachadh Fios Poblach.<br><br><b>Sgìrean/Buill.</b>                                                                                 | Fios poblach a thoirt air rùn na Comhairle an sgeama a tha ann atharrachadh agus sgeama ùr a dhèanamh airson stèidheachadh chomhairlean coimhearsnachd. Ùine de 8 seachdainean bho Gearran gu Giblean.                                    |
| 3. Cèitean      | Coinneamh Comhairle Shònraichte.<br><br><b>Sgìrean/Buill.</b>                                                                                       | Comhairle ri beachdachadh air molaidhean bhon chiad ùine co-chomhairleachaidh agus aontachadh dreachd sgeama atharraichte airson co-chomhairle.                                                                                           |
| 4. Cèitean      | <b>(3)</b> Foillseachadh Fios Poblach.<br><br><b>Dreachd sgeama atharraichte agus sgrìobhainnean co-cheangailte.</b>                                | Fios poblach a thoirt air dreachd sgeama atharraichte na Comhairle. Ùine de 8 seachdainean bho Cèitean gu Iuchair.                                                                                                                        |
| 5. Lùnastal     | Coinneamh Comhairle Shònraichte<br><br><b>Dreachd sgeama atharraichte agus sgrìobhainnean co-cheangailte.</b>                                       | Comhairle ri beachdachadh air molaidhean ris an dreachd sgeama atharraichte agus aontachadh dreachd sgeama atharraichte deireannach airson co-                                                                                            |

|              |                                                                                                                                                    |                                                                                                                                                                                 |
|--------------|----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|---------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
|              |                                                                                                                                                    | chomhairle.                                                                                                                                                                     |
| 6. Lùnastal  | <b>(4)</b> Foillseachadh Fios Poblach.<br><br><b>Sgìrean agus Buill.</b>                                                                           | Fios poblach a thoirt air dreachd sgeama atharraichte deireannach na Comhairle airson stèidheachadh chomhairlean coimhearsnachd. Ùine de 4 seachdainean bho Lùnastal to Samhain |
| 7. Samhain   | Coinneamh Comhairle Shònraichte.<br><br><b>Sgìrean agus Buill.</b>                                                                                 | Comhairle ri beachdachadh air molaidhean ris an dreachd sgeama atharraichte deireannach; atharrachadh ma bhios feum air; agus aontachadh an sgeama atharraichte gu foirmeil.    |
| 8. Dùbhlachd | <b>(5)</b> Foillseachadh Fios Poblach.<br><br><b>Stèidheachadh Modh/Fios airson sgìrean comhairle coimhearsnachd nach eil stèidhichte mar-thà.</b> | Fios poblach a thoirt air sgeama atharraichte na Comhairle; agus cuireadh do luchd-bhòtaidh cur airson stèidheachadh (far nach eil comhairle coimhearsnachd an-dràsta).         |

A thaobh gach ìre co-chomhairleachaidh, tha gnìomhan rianachd rin dèanamh, mar fios dìreach chun a h-uile comhairle coimhearsnachd agus planaichean agus sgrìobhainnean co-cheangailte ullachadh, agus a chur thuca, gus am faigh a' mhòr-shluagh air am faicinn agus an sgrùdadh, ann an àiteachan iomchaidh air feadh sgìre an ùghdarras ionadail. Bidh a mhodh-obrach fhèin aig gach ùghdarras ionadail, taobh a-muigh modhan co-dhùnaidh àbhaisteach, nuair a thig e gu fiosrachadh do bhuill thaghte.

## **1Local Authorities and Community Councils: Enhancing the Relationship**

<http://www.scotland.gov.uk/library/documents-w3/lacc-00.htm>

Bidh na leanas air a chur ris an stiùireadh crìochnaichte, nuair a gheibhear beachdan CCLOan an ùghdarras ionadail.

## **2Fios Poblach (eisimpleirean air an ath dhuilleag)**

**3Fios Poblach**           “

**4Fios Poblach**           “

(2) COMHAIRLE .....

**Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973**

**Atharrachaidhean a Chaidh am Moladh ri  
Sgeama na Comhairle airson Stèidheachadh Chomhairlean  
Coimhearsnachd**

Le seo tha fios air a thoirt, gu bheil Comhairle ....., ann an cleachdadh nan cumhachdan air am buileachadh orra le Earrann 53 (1) den Achd air a h-ainmeachadh gu h-àird, a' moladh an Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd atharrachadh.

Chuir Coinneamh Shònraichte den Chomhairle, air a cumail air ....., aonta ri obair co-chomhairleachaidh poblach air atharrachaidhean a chaidh a mholadh ris an Sgeama.

Bidh a' chiad chùrsa co-chomhairleachaidh air a chumail thar dà ùine 8 seachdain. Cuiridh a' chiad ùine co-chomhairleachaidh aghaidh air **Plana Sgìrean agus Suidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd** agus dèiligidh an dara ùine ris an Sgeama fhèin, agus ri na sgrìobhainnean co-cheangailte. Bidh ùine co-chomhairleachaidh 4 seachdainean eile air a cumail mus tèid gabhail ri atharrachaidhean sam bith.

Faodar plana de na h-atharrachaidhean a chaidh a mholadh ri sgìrean agus suidheachadh comhairle coimhearsnachd a sgrùdadh aig: -

Prìomh Oifisean na Comhairle, ..... ;

A h-uile Leabharlann; agus

Air làrach-lìn na Comhairle, aig: [www. .... .gov.uk](http://www.....gov.uk)

Bu chòir neach no buidheann sam bith a tha ag iarraidh riochdachaidhean sgrìobhte a dhèanamh air na h-atharrachaidhean a chaidh a mholadh an cur gu ....., ....., taobh a-staigh 8 seachdainean bho bhios am Fios seo air fhoillseachadh.

.....  
Ceannard,  
Comhairle .....

### (3) COMHAIRLE.....

#### Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973

#### Atharrachaidhean a Chaidh a Mholadh ri Sgeama na Comhairle airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd

Le seo tha fios air a thoirt, gu bheil Comhairle ....., ann an cleachdadh nan cumhachdan air am buileachadh orra le Earrann 53 (1) den Achd air a h-ainmeachadh gu h-àird agus san dara ùine den chùrsa co-chomhairleachaidh fhoillsichte, a' moladh an Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd atharrachadh.

Chuir Coinneamh Shònraichte den Chomhairle, air a cumail air ....., aonta ri obair co-chomhairleachaidh poblach air atharrachaidhean a chaidh a mholadh ris an Sgeama a bhith air a chumail thar dà ùine co-chomhairleachaidh 8 seachdain.

Tha an dara ùine co-chomhairleachaidh seo a' dèiligeadh ris an Sgeama fhèin, agus ri sgrìobhainnean co-cheangailte ris.

Faodar na atharrachaidhean a chaidh a mholadh ris an **Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd agus Sgrìobhainnean Co-cheangailte** a sgrùdadh aig: -

Prìomh Oifisean na Comhairle, ..... ;

A h-uile Leabharlann; agus

Air làrach-lìn na Comhairle, aig: [www. .... .gov.uk](http://www.....gov.uk)

Bu chòir neach no buidheann sam bith a tha ag iarraidh riochdachaidhean sgrìobhte a dhèanamh air an Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd agus Sgrìobhainnean Co-cheangailte an cur gu ....., ....., taobh a-staigh 8 seachdainean bho bhios am Fios seo air fhoillseachadh.

.....  
Ceannard,  
Comhairle .....

#### **(4) COMHAIRLE.....**

#### **Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973**

#### **Atharrachaidhean a Chaidh am Moladh ri Sgeama na Comhairle airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd**

Le seo tha fios air a thoirt, gu bheil Comhairle ....., ann an cleachdadh nan cumhachdan air am buileachadh orra le Earrann 53 (1) den Achd air a h-ainmeachadh gu h-àird, air co-dhùnadh a' chiad dà ùine co-chomhairleachaidh poblach de 8 seachdain air atharrachaidhean a chaidh a mholadh ris an Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd

Dh'aontaich Coinneamh Shònraichte den Chomhairle, air a cumail air ..... fios poblach a thoirt air na h-atharrachaidhean sin agus ùine 4 seachdain eile airson riochdachaidhean a dhèanamh, mus tèid gabhail ris.

Faodar Sgeama Atharraichte airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd, còmhla ri Sgrìobhainnean Co-cheangailte agus Plana Atharraichte Sgìrean agus Suidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd a sgrùdadh aig: -

Prìomh Oifisean na Comhairle, ..... ;

A h-uile Leabharlann; agus

Air làrach-lìn na Comhairle, aig: [www. .... .gov.uk](http://www.....gov.uk)

Bu chòir neach no buidheann sam bith a tha ag iarraidh riochdachaidhean sgrìobhte a dhèanamh air na h-atharrachaidhean deireannach a chaidh a mholadh an cur gu ....., ....., taobh a-staigh 4 seachdainean bho bhios am Fios seo air fhoillseachadh.

Far nach deach riochdachaidhean sam bith a dhèanamh, bidh an Sgeama Atharraichte airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd (sgrìobhainnean co-cheangailte agus sgìrean agus buill) èifeachdach mar a chaidh atharrachadh le na molaidhean.

.....  
Ceannard,  
Comhairle .....

## **(5) COMHAIRLE.....**

### **Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973**

#### **Gabhail ri Atharrachaidhean ri Sgeama na Comhairle airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd**

Le seo tha fios air a thoirt, gu bheil Comhairle ....., ann an cleachdadh nan cumhachdan air am buileachadh orra le Earrann 53 (1) den Achd air a h-ainmeachadh gu h-àird, air n obair co-chomhairleachaidh poblach air atharrachaidhean a chaidh a mholadh ris an Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd a chrìochnachadh.

Dh'aontaich Coinneamh Shònraichte den Chomhairle, air a cumail air ..... gabhail ris an Sgeama Atharraichte airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd, còmhla ri Sgrìobhainnean Co-cheangailte agus Plana Sgìrean agus Suidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd, le buil anns a' bhad

Faodar an Sgeama Atharraichte airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd a chaidh aontachadh, còmhla ri Sgrìobhainnean Co-cheangailte agus Plana Sgìrean agus Suidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd a sgrùdadh aig: -

Prìomh oifisean na Comhairle ..... ;

Air làrach-lìn na Comhairle, aig: [www. .... .gov.uk](http://www.....gov.uk)

Mar sin tha cuireadh air a thoirt do luchd-còmhnaidh aois 16 bliadhna agus nas sine agus len ainm air a' chlàr-bhòtaidh, taobh a-staigh sgìrean comhairle coimhearsnachd air an sealltainn gu h-ìosal,



athchuinge a thoirt don Chomhairle airson modh stèidheachaidh a shuidheachadh:-

.....  
.....  
.....

Bu chòir iarrtasan airson comhairle agus taic phractaigeach air modh stèidheachaidh chomhairlean coimhearsnachd a chur gu .....

.....  
Ceannard,  
Comhairle .....

## **EARRANN 5 MODHAN TAGHAIDH**

Tha taghaidhean cudromach gus dèanamh cinnteach gum bi riochdachadh iomchaidh agus èifeachdach aig Comhairlean Coimhearsnachd. Mar sin, bu chòir taghaidhean a bhrosnachadh agus bu chòir Comhairlean Coimhearsnachd taic iomchaidh fhaighinn airson taghaidhean a rianachd far am bi feum air.

Tha cunntas san stiùireadh seo air a' chleachdadh as fheàrr a thathar a' moladh a leantainn nuair a thathar a' dèanamh taghaidhean Comhairle Coimhearsnachd, tha prìomh eileamaidean ris am feumar cumail air am mìneachadh ann an Sgeama Comhairlean Coimhearsnachd an Ùghdarrais Ionadail.

Dòigh-obrach airson taghaidhean le na comhairlean coimhearsnachd a tha ann

### **Faodaidh bhòtadh airson tagraichean a thaghadh gu comhairle coimhearsnachd a bhith san riochd a leanas:**

- Baileat dìomhair a' cleachdadh pàipearan-bhòtaidh agus bogsa-baileit.
- Cunntadh làmh

Feumaidh am fios gu bheil an dùil taghadh a chur air adhart, agus ag iarraidh tagraichean airson taghaidh na comhairle coimhearsnachd a bhith air fhoillseachadh 28 latha aig a' char as lugha ron cheann-là air am bi an

taghadh, ge air bith dè an seòrsa, a' gabhail àite. Feumaidh am fios ullachadh a dhèanamh gus cothrom a thoirt do luchd-còmhnaidh maireannach san sgìre a bhith air an cur air rolla leasachail comhairle coimhearsnachd mur eil iad air an ainmeachadh air Clàr-bhòtaidh an Ùghdarras Ionadail.

### **Feumaidh am fiosrachadh a leanas a bhith ann:-**

- ainm agus seòladh an neach air a bheil uallach airson cur a-mach agus faighinn foirmean ainmeachaidh;
- an ceann-là dùnaidh agus an àm airson foirmean ainmeachaidh fhaighinn a dh'fheumas a bhith 14 latha aig a' char as lugha mus gabh an taghadh àite;
- an ceann-là dùnaidh agus an àm airson foirmean iarrtais fhaighinn airson an cur san rolla leasachail a dh'fheumas a bhith 14 latha aig a' char as lugha mus gabh an taghadh àite; agus
- an ceann-là air an gabh na taghaidhean àite agus an aithris ag innse am bi an taghadh le cunntadh làmh aig coinneamh phoblach, baileat dìomhair, baileat tron phost no measgachadh de na dòighean sin.

### **Lìonadh dreuchdan bàn eadar-amail**

- Tha comhairlichean coimhearsnachd air an taghadh gu deamocratach agus mar sin feumar modh fastaidh follaiseach. Tha mion-chunntas san stiùireadh seo air a' phròiseas a bu chòir a leantainn airson cumail ri Sgeama na Comhairle airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd agus pròiseas fosgailte agus deamocratach a nochdadh.
- Bu chòir don h-uile comhairle coimhearsnachd clàr a chumail suas de bhallrachd agus bu chòir dreuchdan bàn a thig an-àird, airson adhbhar sam bith, innse don ùghdarras ionadail aca (oifigear ainmichte) gus am faighear air clàran ùrachadh. Thathar ag iarraidh air Comhairlean Coimhearsnachd dreuchdan bàna a lìonadh taobh a-staigh 3 mìosan.
- Nuair a bhios dreuchd bàn ann, bu chòir don chomhairle coimhearsnachd fios a chur chun an ùghdarras ionadail gus an tòisichear air a' phròiseas airson dreuchdan bàna a lìonadh. Feumar an àireamh de dhreuchdan bàna agus cinn-là an ath dhà choinneamh gus am faighear air foirmean ainmeachaidh ullachadh.
- Ann an ullachadh airson na ciad choinneimh den chomhairle coimhearsnachd airson an adhbhair seo, bu chòir earrann a bhith san Fhios a' sanasachd na coinneamh air lìonadh dreuchdan bàna agus bu chòir nì a bhith sa chlàr-gnothaich – Lìonadh Dreuchdan Bàna. Feumar am fios, mar airson a h-uile coinneamh den chomhairle coimhearsnachd, fhoillseachadh ann an 3 àiteachan no barrachd 7 latha aig a' char as lugha ron choinneamh.
- bidh foirmean ainmeachaidh air an ullachadh leis an Ùghdarras Ionadail agus rim faotainn airson na ciad choinneimh den chomhairle


coimhearsnachd. Gheibhear foirmean ainmeachaidh bhon ùghdarras ionadail agus dh'fhaodadh iad a bhith rim faotainn san sgìre bho thogalaichean poblach freagarrach me leabharlann poblach no bhon rùnaire/cathraiche. Bidh cèisean saor-phost an cois a h-uile foirm ainmeachaidh.

- Bidh an t-ùghdarras ionadail a' sgrùdadh agus a' dearbhadh a h-uile foirm agus thèid innse don h-uile tagraiche agus don chomhairle choimhearsnachd mun t-suidheachadh aig ceann-là dùnaidh nan ainmeachaidhean, i.e. ma tha ainmeachaidhean dligheach agus ma bhios tagraichean air an taghadh gun neach eile nan aghaidh (nas lugha ainmeachaidhean na dreuchdan bàn no co-ionann) no ma dh'fheumar taghadh baileit (barrachd ainmeachaidhean dligheach na dreuchdan bàn)
- Ma gheibhear nas lugha ainmeachaidhean dligheach na dreuchdan bàn bu chòir don chomhairle coimhearsnachd puing – Lìonadh Dreuchdan Bàna – a chur ann an clàr-gnothaich na dara coinneimh, far am bi toradh na gairm airson ainmeachaidhean air fhoillseachadh agus tagraichean air an taghadh gun bhacadh, mar bhuill den chomhairle coimhearsnachd.
- Ma bhios barrachd ainmeachaidhean dligheach ann na dreuchdan bàn bidh taghadh baileit air a chur air dòigh agus air a ghabhail os làimh leis an ùghdarras ionadail. Bidh toradh a' bhaileit air fhoillseachadh cho luath 's a ghabhas às dèidh sin.
- Bidh a' chomhairle coimhearsnachd a' foillseachadh toradh an taghaidh aig an treas coinneamh agus ag innse gu bheil buill air an ùr thaghadh.

# PRÒISEAS AIRSON LÌONADH DREUCHDAN BÀN EADAR-AMAIL – SRUTH-CHLÀR

## Obair leis a' Chomhairle Coimhearsnachd

## Obair leis an Ùghdarras Ionadail



## **EARRANN 6      CUR COMHAIRLE RIS AN SGÌRE AGAIBH**

Tha sibh fo uallach conaltradh a dhèanamh ris a h-uile neach-còmhnaidh sa choimhearsnachd agaibh. Bu chòir dhuibh seo a dhèanamh gu cunbhalach agus gu h-èifeachdach gus am faicear gu bheil sibh a' riochdachadh am beachdan agus feuman, agus chan e barailean pearsanta Chomhairlichean Coimhearsnachd. Tha dà phàirt san dleastanas seo – ag iarraidh am beachdan agus a' toirt fiosrachadh dhaibh mun obair agaibh mar an riochdairean taghte.

'S e obair thaiceil a tha ann. Cuiridh coileanadh na h-obrach seo gu mòr ris an t-seirbheis a bheir sibh don choimhearsnachd. Seo beagan eisimpleirean:

- 'S dòcha gum bi sibh ag iarraidh Best Practice guidance on Local Authority support for Community Councils an ASCC a chleachdadh <http://www.ascc.org.uk/docs/data/1/Local%20Authority%20Support%20to%20CCs.pdf>
- Dèanamh cinnteach gu bheil an t-ùghdarras agaibh a' toirt dhuibh an taic a dh'fheumas sibh airson ur dleastanas a choileanadh
- Prìomh ainmean is seòlaidhean a chur sa h-uile pìos pàipeir, post-dealain, msaa a thig bhon Chomhairle Coimhearsnachd agaibh. Bithibh daonnan ag iarraidh bruidhinn ri daoine agus beachdan air ais iarraidh. Biodh seo na "bhogsa teacs" maireannach sna pàipearan agaibh.
- Far an gabh a dhèanamh, ath-innse nan dòighean sam faigh luchd-taghadh greim oirbh. Dèanaibh seo cho furasta 's a ghabhas dhaibh.
- Làrach-lìn a chruthachadh, no earrann fhaighinn air làrach-lìn an Ùghdarras Ionadail. Liosta a dhèanamh de ainmean is seòlaidhean airson a h-uile Comhairliche Coimhearsnachd, a' gabhail a-steach dealbhan far an gabh a dhèanamh. Seallaibh ceann-là, uair agus àite choinneamhan, agus an clàr-gnothaich. Cuiribh geàrr-chunntas a h-uile coinneamh roimhe ann.
- Stòr-dàta a chur ri chèile de sheòlaidhean post-dealain airson luchd-taghadh. Iarraibh cead puist-dealain a chur thuca ag iarraidh am beachdan agus a' toirt cunntas air ur ghnìomhan.
- Ainmean is seòlaidhean na Comhairle Coimhearsnachd fhoillseachadh anns a h-uile togalach poblach. Cuiribh fiosrachadh ann mu na bhios sibh a' dèanamh agus mar is urrainn sibh cuideachadh. Iarraibh air an Ùghdarras Ionadail postairean, sanasan msaa a dhealbhadh agus a chlà-bhualadh.

- Earrann fhaighinn ann an litrichean-naidheachd ionadail sam bith. Cuiribh ur n-obair air beulaibh a' mhòr-shluaigh, agus iarraibh beachdan.
- Far an gabh a dhèanamh, earrann fhaighinn sa h-uile foillseachadh a chuireas an t-Ùghdarras Ionadail a-mach mar irisean an Ùghdarras Ionadail. Dh'fhaodadh na Comhairlean Coimhearsnachd uile seo a dhèanamh còmhla. Dèanaibh cinnteach gun co-dhearbh sibh na tha air a ràdh mun Chomhairle Coimhearsnachd ann am foillseachadh sam bith.
- Iarraidh air na meadhanan ionadail a thighinn gu coinneamhan. Fiosan naidheachd a chur a-mach air cùisean a bhuineas don sgìre. Trèanadh a lorg air dàimh ri na meadhanan. Beachdachadh air Comhairliche Coimhearsnachd a chur an dreuchd mar neach-ceangail ri na meadhanan.
- Nuair a bhios sibh ag atharrachadh luchd-dreuchd, iarraibh air an Ùghdarras Ionadail bileag a chur sa phost chun a h-uile buidheann ionadail, poblach, priobhaideach agus saor-thoileach, ag innse nan oifigearan ùra agus a' daingneachadh inbhe, obair agus ruigsinneachd ur Chomhairle Coimhearsnachd. Dèanaibh seo às dèidh a h-uile taghadh Comhairle Coimhearsnachd.
- Cumail freastal-lannan airson na coimhearsnachd ann an togalaichean poblach. Dh'fhaodadh iad a bhith ann an togalaichean coimhearsnachd, no mòr-bhùthan, leabharlannan agus àiteachan eile san sgìre. Sanasaich iad greis mhath ron àm agus a-rithist nas fhaisge air. Feuchaibh a-mach diofar uairean, làithean agus dreuchdan, agus cuideachd cruth na freastal-lann. Biodh daonnan dà Chomhairliche Coimhearsnachd aig a' char as lugha an làthair.
- Cruthachadh agus dèanamh suirbhidhean aon uair gach bliadhna aig a' char as lugha. Faighnichibh dè beachd nan Coimhearsnachdan oirbhse, air an coimhearsnachd agus an gnè-beatha. Faighnichibh dè is urrainn dhuibh a dhèanamh airson na coimhearsnachd a leasachadh. Faighibh a-mach dè na prìomhachasan a tha aca. Dèanaibh cinnteach gum bi ceistean ann air cùisean a bhios cudromach don luchd-taghadh agaibh san àm ri teachd ged nach biodh am fiosrachadh gu lèir agaibh. Faighibh taic an Ùghdarras Ionadail airson clò-bhualadh, libhrigeadh agus togail pàipearan an t-suirbhidh. Tha dreach shuirbhidh aig an ASCC a dh'fhaodadh sibh a chleachdadh.
- Beachdachadh air suirbhidhean nas giorra, agus nas luaithe air diofar chùisean a tha fìor chudromach don sgìre. Bidh na freagairtean air leth cudromach gus ur chuideachadh a' sealltainn ciamar a bhios sibh a' bruidhinn airson na coimhearsnachd.

- Cumail coinneamhan poblach (feumaidh a h-uile coinneamh de Chomhairlean Coimhearsnachd a bhith fosgailte don mhòr-shluagh fon lagh) uair sam bith a tha a' chùis glè chudromach don sgìre. Cumail sùil air cò tha an làthair gus faicinn a bheilear a' fìor riochdachadh na coimhearsnachd – aois, gnè, sgìre còmhnaidh, àireamhan iomlan msaa.
- Cur bogsaichean mholaidhean ann an àiteachan trang agus follaiseach san sgìre. Fàgaibh peansail agus pàipear gus am bi iad furasta an cleachdadh. Innse gur ann don phoball a tha iad gus beachdan agus/no molaidhean a dhèanamh air ciamar a bu chòir dèiligeadh ri cùis ionadail no a' choimhearsnachd a leasachadh. Bithibh daonnan a' freagairt bheachdan ma chaidh ainmean is seòlaidhean fhàgail. Thoir cunntas gu cunbhalach air beachdan aig làn choinneamhan Comhairle Coimhearsnachd.
- Ma ghabhas e dèanamh, libhrigibh sanasan no bileagan bho dhoras gu doras. Tha e air leth math cuideachd airson gum faigh Comhairlichean Coimhearsnachd agus an luchd-taghaidh eòlas air càch a chèile.
- Ma tha stèisean rèidio coimhearsnachd san sgìre, smaoinichibh air a cleachdadh gus mothachadh agus obair na Comhairle Coimhearsnachd adhartachadh. Ach, cuimhnichibh gum bu chòir do Chomhairlean Coimhearsnachd dòigh-obrach neo-phoileataigeach a chleachdadh airson a h-uile cuspair.
- Tha conaltradh neo-fhoirmeil, ribh fèin agus ri daoine eile, cumanta agus feumail. Chan e an dòigh as cothromaiche air beachdan na coimhearsnachd fhaighinn agus cha bu chòir earbsa a chur ann nuair a bhios a' Chomhairle Coimhearsnachd a' dèanamh co-dhùnaidhean cudromach.

### **Cuimhnichibh:**

- Biodh e daonnan furasta don mhòr-shluagh bruidhinn ribh
- Bithibh daonnan ag iarraidh beachdan na Coimhearsnachd
- Dèanaibh measadh cunbhalach air dè cho èifeachdach 's a tha sibh a rèir nan toraidhean
- Na leigibh le barailean pearsanta Chomhairlichean Coimhearsnachd fa leth aig àm sam bith a dhol os cionn beachdan ur Coimhearsnachd.
- Cumaibh daonnan ri prionnsabalan Còd Giùlain nan Comhairlichean.

## **EARRANN 7      A' DÈANAMH IOMAIRT AIR NA CÙISEAN**

A' Dèanamh Iomairt air na Cùisean – Mar a dh'fhaodadh Comhairle Coimhearsnachd co-dhùnadh dè na cùisean air am beachdaich iad, agus ciamar a leanar iad.

Thig iomadh seòrsa cùis agus duilgheadas air ur beulaibh. Bidh cuid dhiubh a' bualadh air aon bhall den choimhearsnachd, cuid air a' choimhearsnachd gu lèir agus air àiteachan eile. Feumaidh ur Comhairle Coimhearsnachd an dìcheall a dhèanamh gus a thighinn gu co-dhùnadh cothromach air dè na cùisean a ghabhas iad os làimh agus ciamar:

- Tòisichibh le deuchainn “buannachd don choimhearsnachd”. Bu chòir dhiubh ur gnìomhan a stiùireadh a dh'ionnsaigh na toraidhean as fheàrr fhaighinn don chuid as motha de shluagh na sgìre, cho fad 's nach dèan sin cron air a' bheag-chuid. Nuair a tha grunn chùisean agaibh, thoiribh a' chuid as motha den aire an toiseach don fheadhainn a tha a' toirt bualadh air barrachd dhaoine agus a dh'fhaodadh sibh atharrachadh.
- Tòisichibh le cruinneachadh fiosrachaidh. Chan eil co-dhùnaidhean air an dèanamh às aonais fiosrachaidh, mar ro-bhreithneachadh no barailean ceàrr air a' chùis math don choimhearsnachd no ur cliù fhèin. Faighibh a-mach na prìomh phuingean agus an uairsin dè tha sluagh na sgìre a' faireachdainn mu dheidhinn.
- Bonntaichibh seasamh ur Chomhairle Coimhearsnachd air beachdan a' mhòr-chuid den phoball no buannachd a gheibh iad.
- Bithibh onarach agus reusanta a thaobh dè is urrainn dhuibh a dhèanamh mun chùis. Dè a' bhuidheann a dh'fhaodas sibh a thoirt air agus air na tha an sàs ann? Am faigh sibh comhairle phroifeiseanta air nithean teicnigeach a chuidicheadh sibh a' tagradh ur cùis? Rannsachadh an neach/buidheann air a bheil sibh ag iarraidh buaidh a thoirt? Ciamar is urrainn dhuibh co-obrachadh leotha gus an toradh a tha sibh ag iarraidh airson na Coimhearsnachd a choileanadh?
- Co-dhùinibh dè na toraidhean a tha sibh ag iarraidh. Bithibh mionaideach. Biodh fios agaibh carson a tha sibh ag iarraidh gach toradh agus dìreach ciamar a choinnicheas iad ri na cumhachan gu h-àird a thaobh buannachd don choimhearsnachd.
- Obraichibh a-mach ciamar a choileanas sibh na h-amasan sin, agus sgrùdaibh ur n-obair. Measaibh ciamar a dh'aithnicheas sibh gu bheil sibh air ur n-amasan a choileanadh.



- Chan e dà thaobh dùbhlach a-mhàin a dh'fheumas a bhith aig cùis. Am b' urrainn don Chomhairle Coimhearsnachd agaibh a bhith na eadar-mheadhanair neo-eisimeileach a' toirt buidhnean dùbhlach gu chèile?
- Na leigibh don Chomhairle Coimhearsnachd a bhith na sheòl airson iomairt sam bith mur eil sibh cinnteach gu bheil a' mhòr-chuid den Choimhearsnachd ga iarraidh. Nuair a bhios sin follaiseach, cumaibh a' dol e, agus na leigibh don Chomhairle Coimhearsnachd agaibh a bhith na àite airson deasbad daonnan mu airidheachd na cùise. Agus cha bu chòir aon chùis sam bith ur coinneamhan a ghabhail a-null.
- An dèidh dhuibh seasamh oifigeil ur Comhairle Coimhearsnachd air cùis a shònrachadh, cha bu chòir dhuibh atharrachadh mur tig atharrachadh tàbhachdach air fianais no suidheachadh.
- Feumaidh Comhairliche Coimhearsnachd le ceangal follaiseach ri suidheachadh sam bith ann an dòigh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air a' Chomhairle Coimhearsnachd a thaobh cùis sam bith an com-pàirt fhoillseachadh don Chomhairle Coimhearsnachd agus gun pàirt a ghabhail ann an obair sam bith co-cheangailte ris.
- Dh'fhaodadh sibh Comataidh shònraichte a shuidheachadh gus ur n-obair a cho-òrdanachadh air cùis shònraichte le ùghdarras tiomnaichte iomchaidh. Dèanaibh cinnteach gu bheil raon-dleastanais soilleir aig a' chomataidh agus biodh stiùireadh soilleir agaibh air dè dh'fhaodar no nach fhaodar a dhèanamh gun aonta ro-làimh bhon Chomhairle Coimhearsnachd air fad.

## **EARRANN 8 A' RIOCHDACHADH UR COIMHEARSNACHD**

Tha a' choimhearsnachdan airson faicinn ciamar a tha am beachdan gan sealltainn sna co-dhùnaidhean a tha Comhairlean Coimhearsnachd a' dèanamh às an leth. Faodar seo a choileanadh ann an grunn dhòighean:

- Geàrr-chunntas air coinneamhan Comhairle Coimhearsnachd– bu chòir cunntas mionaideach a bhith annta air gnothach na coinneimh agus an co-dhùnadh a rinneadh. Bu chòir an co-dhùnadh seo a dhèanamh air bhonn barail aithnichte na coimhearsnachd (le fianais far an gabh a dhèanamh) gus sealltainn gu soilleir don choimhearsnachd ionadail agus do bhuidhnean eile bhon taobh a-muigh, mar an t-Ùghdarras Ionadail, gu robh beachd(an) na coimhearsnachd air an cluinntinn agus air an sealltainn gu mionaideach.
- Coinneamhan Comhairle Coimhearsnachd– 's e seo an dòigh as fheàrr do Chomhairlean Coimhearsnachd bruidhinn air beachdan aithnichte na coimhearsnachd agus sealltainn do na tha an làthair gu bheilear ag èisteachd riutha.
- Coinneamhan poblach (cuspair sònraichte)– ma tha iad mu nithean a bhuineas don sgìre chì a' choimhearsnachd gu bheilear ag èisteachd riutha agus a' sireadh am beachdan, a' toirt àite do na h-iomagainean aca agus a' dèanamh na tha iomchaidh às an leth
- Frithealadh choinneamhan bhuidhnean san earrann phoblach– bu chòir sin fhaicinn sa gheàrr-chunntas gus na coinneamhan a fhritheil na Comhairlichean Coimhearsnachd às leth an coimhearsnachd a shealltainn. Bu chòir cùisean/barailean a chuir an Comhairliche Coimhearsnachd an cèill innse don choimhearsnachd tro gheàrr-chunntas nan Comhairlean Coimhearsnachd.
- Litrichean-naidheachd/fiosan poblach – dòigh mhath air co-obrachadh agus fiosrachadh a cho-roinn ach cuideachd air beachdan slugh na sgìre a chruinneachadh agus sealltainn mar a thug beachdan slugh na sgìre cumadh air beachdan /obair na Comhairle Coimhearsnachd.
- Ballrachd – brosnachadh ballrachd bho air feadh sgìre na Comhairle Coimhearsnachd a' comharrachadh dè an seòrsa coimhearsnachd a tha iad a' riochdachadh
- Modhan conaltraidh – bu chòir Comhairle Coimhearsnachd a bhith cinnteach gu bheil na modhan conaltraidh aca airson barail slugh na sgìre innse do luchd-dèanamh cho-dhùnaidhean. Mar as trice tha iad air an stèidheachadh le buidhnean san earrann phoblach a dh'fheumas co-obrachadh leis a' choimhearsnachd no am beachdan a shireadh ach 's dòcha nach robh na modhan sin air an stèidheachadh eadar buidhnean ionadail far a bheil e a cheart cho cudromach barail slugh na sgìre a

riochdachadh. Tha meadhanan conaltraidh a' gabhail a-steach bùird brath, bùthan ionadail, bogsaichean mholaidhean agus an t-eadar-lìon.

- Co-chomhairle – tha e cudromach gun riochdaich Comhairlean Coimhearsnachd beachdan sluaigh na sgìre tro dhiofar dhòighean a' gabhail a-steach co-chomhairlean far an gabh a dhèanamh.
- Bu chòir a h-uile fiosrachadh a thèid a dheasachadh a bhith ri fhaotainn gu furasta fad is farsaing. Tha e cuideachd cudromach gun lorg a' Chomhairle Coimhearsnachd na dòighean as èifeachdaiche air co-obrachadh leis an luchd-còmhnaidh. Faodaidh buill den phoball innse don Chomhairle Coimhearsnachd mu phuingean a dh'ìarradh iad a bhith air an deasbad agus am beachdan a dhèanamh aithnichte.
- Nuair a thathar a' dearbhadh beachdan, bu chòir Comhairlichean Coimhearsnachd beachdan sluaigh na sgìre a shireadh ach bithibh faiceallach nach saoiltear gu bheil sibh a' cur iomairtean air dòigh gun aonta na Coimhearsnachd. Tha Comhairlean Coimhearsnachd mothachail nach tig riochdachaidhean gu tric ach bho beag-chuid a tha deònach bruidhinn a-mach. Bu chòir don Chomhairle Coimhearsnachd feuchainn ri beachdan na Coimhearsnachd air fad a riochdachadh.

## **EARRANN 9 LEASACHADH AGUS BROSACHADH BALLRACHD ÒIGRIDH**

'S e prìomh obair Chomhairle Coimhearsnachd faighinn a-mach agus cur an cèill beachdan na coimhearsnachd a tha iad airson a riochdachadh agus obair iomchaidh a dhèanamh stèidhichte air na beachdan sin. Tha e cudromach gu bheil a h-uile earrann den choimhearsnachd air an riochdachadh mar bu chòir agus gu bheil cothrom aca pàirt a ghabhail sa phròiseas deamocratach ionadail. Tha seo a' gabhail a-steach òigridh.

Bhon àm a chaidh an stèidheachadh, tha e air a bhith doirbh do dh'iomadh Comhairle Coimhearsnachd com-pàirt of òigridh a tharraing agus a chumail a' dol. Tha rannsachadh Buidheann Chomhairlean Coimhearsnachd na h-Alba a' sealltainn gur e aois chuibheasach Comhairlichean Coimhearsnachd an Alba mu 58 bliadhna. Chaidh coimhead ri cion com-pàirt òigridh san Dreach Sgeama Nàiseanta ùr leis an aois as lugha airson làn bhuill le còraichean bhòtaidh iomlan aig 16 bliadhna. Faodaidh Comhairlean Coimhearsnachd cuideachd leas-bhuill a sholar airson dhaoine fo 16, ma tha iarrtas air a shon san sgìre.

Tha Artaigil 12 ann an Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Còraichean Chloinne ag ràdh gum bu chòir còir a bhith aig òigridh aig am bi beachdan, na beachdan sin a chur an cèill gu saor <http://www.unhchr.ch/html/menu3/b/k2crc.htm>. Tha an Dreach Sgeama ùr a' toirt cothroman co-ionann airson òigridh a bhith an sàs ann an co-dhùnaidhean deamocratach ionadail tro na Comhairlean Coimhearsnachd aca.

O chionn ghoirid rinneadh rannsachadh air com-pàirt do dh'òigridh ann an dèanamh co-dhùnaidhean stèidhichte air gabhail pàirt de dh'iomadh seòrsa:

- Tha Buidheann Sàbhaladh na Cloinne air Stiùireadh DIY fhoillseachadh mu chom-pàirt do dh'òigridh [http://www.savethechildren.org.uk/en/54\\_3186.htm](http://www.savethechildren.org.uk/en/54_3186.htm)
- Chuir Youth Link air dòigh rannsachadh leis an ainm "Your Place or Mine" a tha a' coimhead ri com-pàirt òigridh ann an dealbhadh coimhearsnachd. <http://www.youthlink.co.uk/webs/245/documents/YourPlaceOrMinereport.pdf>
- Tha an Nota Comhairleachaidh air *Involving Children and Young People in community planning* aig Riaghaltas na h-Alba a' ceangal com-pàirt òigridh ri Inbhean Nàiseanta airson *Com-pàirt sa Choimhearsnachd* <http://www.scotland.gov.uk/Publications/2006/11/09140609/0>
- 'S e Dialogue Youth iomairt èifeachdach ùr a tha a' toirt cothrom do dh'òigridh buaidh a thoirt air leasachadh agus libhrigeadh

sheirbheisean an com-pàirt le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile, agus Pàrlamaid Òigridh na h-Alba trom faighear cothrom air stòrasan agus taic gus òigridh a bhrosnachadh gu pàirt a gabhail ann an deamocrasaidh ionadail. <http://www.dialogueyouth.org/>

Tha na toraidhean bho rannsachadh agus na h-innealan sin uile a' toirt stiùireadh air ciamar a mheudaicheas iad com-pàirt òigridh sa phròiseas deamocratach ionadail. Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail Comhairlean Coimhearsnachd a bhrosnachadh gu feum a dhèanamh den fhiosrachadh seo agus stiùireadh, trèanadh agus taic a thoirt san raon seo mar a thèid iarraidh.

### **A' suidheachadh ìrean com-pàirt òigridh**

Bu chòir do Chomhairlean Coimhearsnachd coimhead ri ciamar a dh'fhaodadh iad beachdan òigridh fhaighinn a-mach agus a riochdachadh agus am b' urrainn do dh'obair com-pàirteachais le buidhnean ùghdarras ionadail agus buidhnean eile slighe fhosgladh suas do dh'òigridh chun a' phròiseas deamocratach ionadail.

Feumaidh Comhairlean Coimhearsnachd a bhith soilleir mun ìre com-pàirt òigridh dìreach agus neo-dhìreach a tha iad ag iarraidh san structair aca, mar làn bhuill no mar bhuill co-thaghte no co-cheangailte gun chòraichean bhòtaidh. Faodar cuideachd coimhead ri comataidhean no fo-bhuidhnean Òigridh no ceangal ri Fòraman Òigridh ionadail.

### **Com-pàirt Dìreach**

Tha òigridh aois 16 bliadhna agus nas sine ion-roghnach seasamh airson ballrachd iomlan Comhairle Coimhearsnachd cho fad 's a tha an ainm air a' chlàr-bhòtaidh no ma tha dearbhadh air còmhnaidh/aois aca. 'S urrainn do Chomhairlean Coimhearsnachd ùidh òigridh a bheothachadh le bhith ag adhartachadh an taghaidhean le Buidhnean Òigridh, Fòraman Òigridh, Comhairlean Sgoilear agus Comainn Oileanach far am faodadh òigridh a bhith airson a dhol an sàs sa phròiseas deamocratach ionadail. Tha e an urra ri ùghdarrasan Ionadail saoranachd gnìomhach a bhrosnachadh mar phàirt de churraicealam na sgoile agus bu chòir seo a cheangal ri modh taghaidh na Comhairle Coimhearsnachd.

### **Co-thaghaidhean/Leas-bhallrachd**

Bu chòir beachdachadh air òigridh a chur na dreuchd mar leas-bhuill gun chòraichean bhòtaidh, a dh'aona ghnòthaich airson beachdan òigridh a riochdachadh.

### **Taic bhon Ùghdarras Ionadail**

A' tuigsinn gur dòcha nach eil a' mhisneachd aig cuid de dh'òigridh a dh'fheumar gus am beachdan a chur an cèill ann an àrainneachd na Comhairle Coimhearsnachd, 's dòcha gun toir an t-Ùghdarras Ionadail tomhas de thaic

phearsanta, gu sònraichte ma tha òigridh a' tighinn air a' Chomhairle Coimhearsnachd tro shlighean Fòram Òigridh no Comhairle Sgoilear.

## **Comataidhean Òigridh/Fo-bhuidheann**

'S dòcha gum bi Comhairlean Coimhearsnachd ag iarraidh comataidhean/fo-bhuidhean òigridh a chruthachadh no ceanglaichean a dhèanamh ri fòraman òigridh. Dh'fheumadh raon-dleistanais, ballrachd agus cumhaichean iomraidh airson comataidhean òigridh/no fo-bhuidhean a bhith air aontachadh leis a' Chomhairle Coimhearsnachd. Dh'fheumte taic obair òigridh bhon ùghdarras ionadail no bho bhuidhean com-pàirteachaidh gus toirt air seo tachairt agus dh'fheumte coinneachadh ri na riathanasan laghail airson dìon chloinne.

## **Com-pàirt Neo-dhìreach**

Feumaidh Comhairlean Coimhearsnachd beachdachadh air ciamar a gheibh iad air beachdan òigridh a riochdachadh. Faodar a choileanadh tro chom-pàirt dìreach bho òigridh mar a tha air a mhìneachadh gu h-àird. Bu chòir do Chomhairlean Coimhearsnachd nach fhaigh com-pàirt dìreach bhon òigridh beachdachadh air dè na dòighean as fheàrr air feuman agus cùisean òigridh aithneachadh. 'S e an dòigh as soilleire air seo a dhèanamh obrachadh an com-pàirteachas le roinnean Ùghdarras Ionadail agus buidhean eile aig a bheil ceangal dìreach ri òigridh. Bu chòir gum faigheadh Comhairlean Coimhearsnachd cothrom air agus/no feum a dhèanamh de ro-innleachdan com-pàirt òigridh nan com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd, a dh'fhaodadh cothroman a thoirt air ceangal dìreach ri òigridh aig aon ìre agus am beachdan agus barailean a chluinntinn aig ìre eile. Bidh an t-eòlas agus na stòrasan aig oibrichean-òigridh a dh'fheumar gus clann agus òigridh a chur an sàs ann an comharrachadh feuman agus cùisean ionadail, anns na dòighean as freagarraiche airson nam buidhean amais sin. Faodaidh seo gabhail a-steach cleachdadh barrachd dhòighean ùr-ghnàthach a ghlacas aire òigridh. Dh'fhaodadh Comhairlean Coimhearsnachd do nach eil e furasta com-pàirt dìreach fhaighinn bhon òigridh iarraidh air Oibrichean-òigridh tagradh às leth òigridh aig coinneamhan Comhairle Coimhearsnachd ma bhios sin iomchaidh.

Seo beagan eisimpleirean air mar a rinn Comhairlean Coimhearsnachd ceangal ri òigridh na sgìre. Thugadh na h-eisimpleirean seo bho fhreagairtean na co-chomhairle air an Dreach Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd agus an Còd Giùlain airson Comhairlichean Coimhearsnachd

- Chuir **Comhairle Coimhearsnachd na Cananaich agus Ros Mhaircnidh** air dòigh co-chomhairle shònraichte airson clas àrd Nua-eòlas san Acadamaidh ionadail aca gus cur ri obair "Plan your Community" air feuman na coimhearsnachd sa Phlana Ionadail.
- Tha **Comhairle Coimhearsnachd Baile Rìoghail Annain** a' ruith farpais Saoranach Òg na Bliadhna– bidh an neach a bhuannaicheas a'

frithealadh choinneamhan, a' sgrìobhadh phiosan sa phàipear ionadail, a' tionndadh air solais na Nollaige, agus a' dol gu cruinneachaidhean sòisealta.

- Tha **Comhairle Coimhearsnachd Sgìre Port na Banrighinn** ag obair gu dlùth còmhla ri Àrd-sgoil na sgìre aca gus dèanamh cinnteach gu bheil òigridh mothachail air a' chomhairle coimhearsnachd agus gum faod iad a bhith an sàs ann. Bidh dà sgoilear sna clasaichean àrda nam buill den chomhairle coimhearsnachd gach bliadhna gus an sgoil a riochdachadh agus bruidhinn air cùisean a tha a' dèanamh dragh do dh'òigridh. Tron iomairt seo, tha a' chomhairle coimhearsnachd an dòchas òigridh a bhrosnachadh gu pàirt gnìomhach a ghabhail sa choimhearsnachd aca, le na buannachdan co-cheangailte airson saoranachd agus ceannardas.

## **EARRANN 10 TRÈANADH AGUS LEASACHADH NAN COMHAIRLICHEAN COIMHEARSNACHD**

### **An suidheachadh aig an àm seo**

Aig an àm seo tha diofar mòr eadar Ùghdarrasan Ionadail, mar eisimpleir trèanadh air a chur air dòigh leis an Ùghdarras Ionadail no air a ruith le solaraichean bhon taobh a-muigh; turasan rannsachaidh; toirt taic agus comhairle; toirt sgrìobhainnean agus leabhraichean iùil buntainneach don h-uile ball; trèanadh air cuspairean sònraichte mar ceadachd agus dealbhadh.

### **Amas trèanaidh agus leasachaidh**

Cothrom a thoirt do Chomhairlichean Coimhearsnachd an sgìlean fa leth a leasachadh, an comas air co-obrachadh le na buidhnean poblach àrdachadh agus sgìlean ùra ionnsachadh gus am faigh gach ball air pàirt cho làn 's a ghabhas a ghabhail ann an obair na comhairle coimhearsnachd gu math nan coimhearsnachdan aca.

### **Feuman trèanaidh bunaiteach**

- Dleastanasan agus uallaichean
- Poileasaidh agus modh
- Ceadachd, dealbhadh agus cuspairean buntainneach eile

### **Feuman trèanaidh sònraichte**

- Dreuchd cathraiche aig coinneamhan
- Cumail clàran ionmhais
- Sgrìobhadh gheàrr-chunntasan

### **Lìbhrigeadh**

- A' co-fhreagairt feuman dhaoine fa leth

- Mothachail air feuman Comhairlean/Comhairlichean Coimhearsnachd

### **Lìbhrigeadh an trèanaidh**

- Luchd-ceangail na Comhairle Coimhearsnachd
- Roinnean fa leth an Ùghdarras Ionadail mar Dealbhadh
- Buidhnean bhon taobh a-muigh mar Comhairle Sheirbheisean Saor-thoileach (CVS) na sgìre
- Na Comhairlean Coimhearsnachd fhèin 's dòcha tro thaic cho-oibrichean
- Buidheann Chomhairlean Coimhearsnachd na h-Alba (ASCC)
- Taic Dealbhaidh Alba (iarrtasan dealbhaidh)

## **EARRANN 11 BALLRACHD FÒRAM SGÌRE**

### **Cùl-fhiosrachadh**

Tha comhairlean coimhearsnachd ann an grunn sgìrean Ùghdarras Ionadail air feadh Alba a-nis nam Fòraman no Comainn. Tha na buidhnean sin a' lìonadh a' bheàirn eadar a' bhuidhinn nàiseanta – Buidheann Chomhairlean Coimhearsnachd na h-Alba – agus comhairlean coimhearsnachd fa leth aig ìre an t-sluaigh. 'S dòcha gu faigh fòraman taic bhon Ùghdarras Ionadail, an dara cuid tro thabhartas airgid, no nas trice tro thaic bho luchd-obrach, solar àite-coinneachaidh, agus stòras rianachd.

### **Carson a dh'fheumar Fòram Coimhearsnachd?**

Faodaidh Fòram Coimhearsnachd a bhith na bhuidheann taic airson a h-uile comhairle coimhearsnachd taobh a-staigh sgìre Ùghdarras Ionadail – gu sònraichte feadhainn a tha air an ùr stèidheachadh - dòigh neo-fhoirmeil air eòlas agus fiosrachadh fhaighinn. 'S urrainn dha cuideachd cothrom a thoirt do na buill aige fiosrachadh a thoirt seachad, agus cùisean coitcheann a chomharrachadh.

Faodaidh fòraman a bhith nan dòigh trom faigh Comhairlean Coimhearsnachd air obrachadh còmhla.

### **Dè bhios Fòram Coimhearsnachd a' dèanamh?**

Sa chumantas tha amasan Fòram coimhearsnachd mar a leanas:

- adhartachadh dleastanas, èifeachdas agus inbhe Chomhairlean Coimhearsnachd;



- cuideachadh le sgaoileadh fiosrachaidh eadar Comhairlean Coimhearsnachd taobh a-staigh na sgìre;
- a bhith na ghuth airson comhairlean coimhearsnachd taobh a-staigh sgìre Ùghdarras Ionadail
- a bhith na fhòram airson beachdachadh air cùisean coitcheann nan Comhairlean Coimhearsnachd
- comhairle a chur ri riochdairean chomhairlean coimhearsnachd ann an sgìrean eile air cùisean anns a bheil ùidh aca uile.
- riochdairean a chur gu tachartasan roinneil agus nàiseanta co-cheangailte ri comhairlean coimhearsnachd.
- obrachadh còmhla ris an Ùghdarras Ionadail agus buidhnean poblach eile.

## **EARRANN 12 DEALBHADH**

**Tha an earrann seo a' toirt comhairle do chomhairlean coimhearsnachd air am pàirt nas motha san t-siostam dealbhaidh ùr.**

### **Rianachd Leasachaidh**

Tha an earrann seo a' gabhail a-steach comhairle air rianachd leasachaidh mar a tha e a' bualadh air comhairlean coimhearsnachd. Thathar gu h-àraidh a' bruidhinn air siostam co-chomhairle ro-iarrtas ùr ri coimhearsnachdan agus a' toirt beachdan air iarrtasan dealbhaidh taobh a-staigh sgìre na comhairle coimhearsnachd. Thathar cuideachd a' dèiligeadh ri atharrachaidhean eile ris an t-siostam dealbhaidh air an toirt a-steach le Achd Dealbhaidh msaa. (Alba) 2006 a tha a' toirt buaidh air comhairlean coimhearsnachd.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air a' phròiseas dealbhaidh ann an cuairt-litrichean air an ullachadh le Riaghaltas na h-Alba a gheibhear aig <http://www.scotland.gov.uk/Topics/Built-Environment/planning/publications/circulars>

### **Riathanasan Ro-iarrtas**

Tha dà phrìomh atharrachadh ri reachdas dealbhaidh mus tèid iarrrtas foirmeil a chur chun na comhairle. Buinidh iad do cho-chomhairle ro-iarrrtas ri coimhearsnachdan agus aithrisean air dealbh/dealbh agus cothrom.

### **Co-chomhairle Ro-iarrrtas (PAC)**

Fon lagh ùr seo feumaidh tagraichean ri teachd comhairle a chur ri coimhearsnachdan air iarrrtasan airson cead dealbhaidh (a' gabhail a-steach cead dealbhaidh ann am prionnsabal) airson leasachaidhean nàiseanta no mòr. 'S e amas co-chomhairle ro-iarrrtas fiosrachadh nas fheàrr a thoirt do choimhearsnachdan mu mholaidhean leasachaidh mòra agus nàiseanta agus cothrom a thoirt dhaibh am beachdan a chur a-steach mus tèid iarrrtas dealbhaidh foirmeil chun an ùghdarras dealbhaidh. 'S e an t-amas aige càileachd iarrrtasan dealbhaidh a leasachadh, droch bhuaidh a mhaothachadh far an gabh a dhèanamh, mì-bhreithneachadh a cheartachadh, agus bruidhinn air cùisean coimhearsnachd sam bith a dh'fhaodar a ghabhail os làimh. Bu chòir do na molaidhean, ma thèid an atharrachadh, buannachd bhon sin agus cuideachadh gu beachdachadh comasach a dhèanamh air iarrrtasan aon uair 's gun tèid an cur a-steach.

Ma bhios leithid a' cho-chomhairle sin iarraidh, feumaidh an tagraiche ri teachd 'fios mu iarrrtas san amharc' a thoirt don ùghdarras dealbhaidh 12 seachdainean aig a' char as lugha mus cuir e a-steach iarrrtas airson cead dealbhaidh. Feumar lethbhreac den fhios seo a chur gu comhairlean coimhearsnachd buntainneach. Feumaidh bun-fhiosrachadh sònraichte mun mholadh a bhith ann agus cuideachd dè nì an tagraiche gus comhairle a chur ris a' choimhearsnachd.

Tha 21 latha aig a' chomhairle airson freagairt ma bhios fios air a thoirt agus co-chomhairle air iarraidh a bharrachd air an ìre as lugha air a chomharrachadh san lagh. 'S e an ìre as lugha air a chomharrachadh comhairle a chur ri comhairlean coimhearsnachd buntainneach agus aon thachartas phoblach aig a' char as lugha a chumail le sanas sna meadhanan ionadail. Bheir an sanas fiosrachadh do dhaoine mun cho-chomhairle agus feumaidh e fios 7 latha aig a' char as lugha a thoirt mun tachartas. Bu chòir don t-sanas cuideachd cothrom a thoirt air beachdan a chur ann an sgrìobhadh chun an tagraiche ri teachd.

Chan fheum an tagraiche ri teachd gabhail ri beachdan na coimhearsnachd, no na dearbh bheachdan sin a chur ann an iarrrtas sam bith às dèidh sin. Tha e cudromach do coimhearsnachdan agus an com-pàirt ann am moladh a thoirt troimhe gu ìre an iarrrtas dealbhaidh, a tha a' toirt cothrom reachdail do chomhairlean coimhearsnachd riochdachaidhean air molaidhean a chur air beulaibh an ùghdarras dealbhaidh.

Nuair a bheir an neach-leasachaidh air adhart an t-iarrrtas, feumaidh iad aithisg ullachadh mu na chaidh a dhèanamh aig àm an ro-iarrrtais airson cumail ri na riatanasan reachdail airson PAC agus riatanasan sam bith air an

comharrachadh ann am freagairt an ùghdarras dealbhaidh ris an fhios mu iarrtas san amharc.

'S e adhbhar na h-aithisg PAC a bhith a' sealltainn dè rinn an tagraiche san amharc airson cumail ri na riatanasan reachdail as lugha air PAC agus riatanasan sam bith eile air an suidheachadh leis an ùghdarras san fhreagairt a thug iad ris an fhios mu iarrtas san amharc.

### **Co-chomhairle air aithrisean air dealbh/dealbh agus cothrom**

Ged nach eil riatanas laghail ann beachdan a shireadh air na tha ann an aithris air dealbh no dealbh agus cothrom, ma bha co-chomhairle sam bith ann, feumaidh an neach-leasachaidh a chlàradh san aithris agus mineachadh dè an aire a chaidh a thoirt dha.

### **Comhairle air mar a bheirear beachdan air iarrtas dealbhaidh**

Faodaidh daoine no buidhnean sam bith beachdan no gearan a chur a-steach air iarrtas dealbhaidh sam bith: 's dòcha gum bithear airson taic a thoirt do iarrtas no cur na aghaidh. Tha na beachdan airson no an aghaidh molaidh air an ainmeachadh mar "riochdachaidhean".

'S e adhbhar nan earrannan a leanas comhairle a thoirt air

- cur co-chomhairle air dòigh
- an dòigh air riochdachaidhean a dhèanamh;
- an ceann-ama a tha an lagh a' suidheachadh airson riochdachaidhean a dhèanamh;
- dè na "nithean tàbhachdach" a bheir buaidh air beachdachadh na Comhairle air an iarrtas;
- mar a tha riochdachaidhean air an làimhseachadh leis a' Chomhairle;
- mar a gheibhear cuideachadh ann an dèanamh riochdachaidhean
- mar a thèid innse dhuibh mun cho-dhùnadh.

### **A' Cur comhairle ris a' chomhairle coimhearsnachd**

Tha stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba air gabhail a-steach gu bheil gach comhairle coimhearsnachd cho eadar-dhealaichte ri na sgìrean a tha iad a' riochdachadh, agus mar sin bidh an dòigh a thèid iad an sàs ann an co-chomhairlean agus an comas freagairt gu math eadar-dhealaichte. Bu chòir do mhodhan ceangail gach ùghdarras dealbhaidh gabhail ri caochlaidhean ionadail agus a bhith a' co-fhreagairt feartan nan comhairlean coimhearsnachd agus nan sgìrean fa leth. Bu chòir gun cuidicheadh beachdan agus deasbad faiceallach ro-làimh ùghdarrasan gus ullachaidhean co-chomhairleachaidh èifeachdach a dhealbh.

Mar sin 's dòcha gu bheil sibh air co-chomhairle a chur air dòigh mar-thà leis a' chomhairle agaibh. Mar thoradh air atharrachaidhean ris an t-siostam dealbhaidh, 's dòcha gum bi cothrom ann na h-ullachaidhean sin ath-bhreithneachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' sealltainn pàirt nas motha nan comhairlean coimhearsnachd san t-siostam dealbhaidh ùr.

Tha an lagh a' comharrachadh gu bheil comhairlean coimhearsnachd nan luchd-comhairle reachdail bho dhà shealladh:

- far a bheil a' chomhairle coimhearsnachd, taobh a-staigh 7 latha bho gheibhear an liosta seachdaine le fiosrachadh mu iarrtas, ag innse don ùghdarras dealbhaidh gu bheil iad ag iarraidh comhairle a chur riutha; agus
- far am faodadh an leasachadh buaidh a thoirt air sealladh sgìre na comhairle coimhearsnachd.

Feumaidh Comhairlean 14 latha aig a' char as lugha a thoirt do chomhairlean coimhearsnachd airson beachdachadh air an iarrtas mus tig iad gu co-dhùnadh mun iarrtas.

## **Modh-obrach**

Cha bheachdaich a' Chomhairle agaibh air beachdan beòil air iarrtasan, agus ma sibh ag iarraidh riochdachaidhean a dhèanamh air iarrtas, bu choir a chur ann an sgrìobhadh. Mar as trice tha riochdachaidhean air an dèanamh ann an litir, athchuinge no post-dealain.

## **Litrichean**

Bu chòir ainm, ceann-là agus seòladh a bhith air riochdachaidhean gus am faighear air freagairt a chur. Bu chòir dhaibh innse gu soilleir an adhbhar a rinneadh an riochdachadh. Thèid aire a thoirt do litrichean riochdachaidh air an clò-bhualadh ro-làimh no lethbhric de litrichean coitcheann, ma tha seòladh, ainm agus ceann-là orra uile. Feumar am fiosrachadh sin gus am faigh a' Chomhairle air litrichean fa leth a chur thugaibh, no gu na daoine a tha a' dèanamh riochdachaidhean, ag innse gun d' fhuair iad an riochdachadh.

Bu chòir dhuibh a bhith mothachail **nach** bi ur beachdan air an cumail dìomhair: chì duine sam bith ur litir riochdachaidh. Cha tèid beachdachadh air litrichean riochdachaidh gun ainm.

'S dòcha nach gabhar ri litrichean ma tha iad gun ainm no mur eil ainm agus seòladh an neach-sgrìobhaidh soilleir orra.

## **Athchuingean**

Faodar athchuingean airson no an aghaidh molaidh a chur a-steach. Bu chòir gabhail riutha agus beachdachadh orra ma tha

- Amas na h-athchuinge clò-bhuailte air gach duilleag den athchuinge;

- Ainm agus seòladh nam ball ùghdarraichte furasta a leughadh; agus
- Bu chòir ainm agus seòladh an neach a chuir an athchuinge air dòigh a bhith ann, gus am faigh an t-Ùghdarras Dealbhaidh, i.e. a' Chomhairle, air litir a chur thugaibh ag innse gun d' fhuair iad an athchuinge.

## Post-dealain

Mar as trice gabhaidh a' Comhairle ri riochdachaidhean airson molaidhean air post-dealain. Mar airson gearanan eile, feumaidh adhbhar an riochdachaidh a bhith ann. Bu chòir dhuibh cuideachd ur n-ainm agus seòladh a thoirt seachad. Thathar ag iarraidh seo gus am faic a' Chomhairle ma tha dàimh fiosaigeach sam bith eadar do chuid-sheilbh agus làrach an iarrtais.

Sa chumantas bidh freagairt ri riochdachadh air post-dealain air a chur tro phost-dealain a-mhàin. Mar le riochdachaidhean eile, **cha bhi** iad air an cumail dìomhair.

## Nota

Cha tèid beachdachadh air litrichean, athchuingean no puist-dealain le stuth sam bith le gràin-cinnidh no a dh'fhaodadh a bhith oilbheumach. Bu chòir an iomagain innse don sgrìobhaiche agus iarraidh an litir atharrachadh no cha tèid beachdachadh oirre. Faodar an stuth innse don phoileas gus co-dhùnadh am bu chòir nì sam bith eile a dhèanamh.

## Cinn-ama airson Riochdachaidhean a Dhèanamh

Fo reachdas dealbhaidh, tha raointean-ama anns **nach** urrainn ùghdarras dealbhaidh co-dhùnadh a dhèanamh air iarrtas dealbhaidh. 'S iad sin an dara cuid **14 no 21** latha bho cheann-là an fhios do nàbaidhean no an sanas ann am pàipear ionadail, a rèir suidhichidhean sònraichte a' mholaidh. Le cudrom mòr air comhairlean dèiligeadh ri iarrtasan taobh a-staigh na h-ùine reachdail – mar as trice dà mhìos, no aig amannan ceithir mìosan – tha e fìor chudromach gun dèan sibh riochdachaidhean sam bith cho luath 's a ghabhas.

Faodar riochdachaidhean anns a bheil nithean tàbhachdach a ghabhail uair sam bith mus tigear gu co-dhùnadh mun iarrtas. Cha toir Comhairle aire do riochdachaidhean a gheibhear às dèidh don iarrtas a bhith air a co-dhùnadh.

**Dè na “Suidhichidhean Tàbhachdach” a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air mar a bheachdaicheas Ùghdarras Ionadail air an iarrtas?**

Feumar co-dhùnaidhean air iarrtasan dealbhaidh a dhèanamh ann na co-rèir ris a' phlana leasachaidh mur biodh nithean tàbhachdach a' comharrachadh a chaochladh. Tha dè tha, no dè nach eil na nì tàbhachdach agus an cudrom a bu chòir a chur air a rèir gach iarrtais. Ma tha sibh airson cur na aghaidh, cha mheasar ur gearan tàbhachdach mur eil e air a dhèanamh airson adhbharan dealbhaidh dligheil. 'S dòcha gun aontaich a' Chomhairle nach bu chòir gum feumadh iarrtasan far an deach gearanan neo-thàbhachdach a chur a-steach a chur chun a' Chomataidh airson co-dhùnadh.

'S iad na leanas eisimpleirean de ghearanan dealbhaidh tàbhachdach agus neo-thàbhachdach:

#### **Adhbhar Dealbhaidh Tàbhachdach**

- An aghaidh a' Phlana Leasachaidh
- Coltas (dealbh, stuthan, sgèile msaa)
- Duilgheadasan a thaobh trafaig, pàirceadh agus slighean
- Goireas thaighean-còmhnaidh (fuaim, taighean ro fhaisg air a chèile, gàrradh ro mhòr)
- Buaidh air Togalaichean air Liosta agus Àrainnean Glèidhteachais

#### **Adhbhar Dealbhaidh Neo-thàbhachdach**

- Call sealladh prìobhaideach thar togalach neach eile
- Call luach do thogalaich
- Brisidhean air cuibhreachaidhean gabhaltais\* no uallaichean eile mar sin air a' chòir-seilbh
- 'S dòcha cunnart bho theine
- Farpais eadar bùthan
- Cùisean air an gabhail a-steach ann an reachdas eile me Inbhean Togail (seasmachd structair msaa) far nach eil dùblachadh san reachdas

Cha bu chòir gearanan neo-thàbhachdach buaidh a thoirt air co-dhùnadh na Comhairle air an iarrtas, agus mar sin tha e cudromach nach beachdaich sibh air riochdachaidhean a thoirt air adhart ach feadhainn a tha a' cur cudrom air cùisean dealbhaidh agus 's dòcha gum faicear iad mar nì tàbhachdach.

Tha e an urra ris an ùghdarras dealbhaidh co-dhùnadh dè an cudrom dàimheach a chuirear air nithean tàbhachdach a tha a strì ri chèile agus ciamar a dh'fhaodas iad sin buaidh a thoirt air co-dhùnadh a bhiodh air mhodh eile air a dhèanamh a rèir plana leasachaidh na sgìre.

Tha tuilleadh mìneachaidh air nithean tàbhachdach agus liosta de na cùisean a dh'fhaodadh a bhith air am meas tàbhachdach ann am Pàipear-taice A ri

## **Mar a Bhios Ur Riochdachaidhean air an Làimhseachadh**

Ma nì sibh riochdachaidhean don Chomhairle ann na co-rèir ris an stiùireadh gu h-àird, bu chòir dhuibh freagairt fhaighinn (mur eil an t-iarrtas air a co-dhùnadh mar-thà). Bheir a' Chomhairle aire do na beachdan agaibh mas e nithean tàbhachdach a tha annta.

'S dòcha gun tèid lethbhreac den riochdachadh agad a chur gu na Comhairlichean ionadail an Uàrd sa bheil làrach an iarrtais. Bidh gearr-chunntas air a thoirt air cuideachd san aithris làimhseachaidh leis an oifigear dealbhaidh a tha a' dèiligeadh ris an iarrtas agus 's dòcha gum bi an riochdachadh a chur sibh a-steach ri fhaotainn aig Comataidh gus am faigh buill na Comataidh air a sgrùdadh, ma bhios iad ag iarraidh. Bidh an aithris làimhseachaidh ùr ri fhaotainn air a' chlàr dealbhaidh aon uair 's gun tigear gu co-dhùnadh mun iarrtas.

Aon uair 's gu bheil a' Chomhairle air a thighinn gu co-dhùnadh mun iarrtas, thèid an co-dhùnadh aca innse dhuibh ann an sgrìobhadh agus far am faodar lethbhreac den fhios mun cho-dhùnadh a sgrùdadh.

Tha Comhairlean a' faighinn mòran iarrtasan a h-uile bliadhna agus 's dòcha nach dèan oifigearan dealbhaidh conaltradh ri luchd-gearain mu mholadh mus tèid a mheasadh no, às dèidh a thighinn gu co-dhùnadh mun iarrtas, ciamar a rinn iad co-dhùnadh. Tha an dòigh san robh an t-iarrtas air a mheasadh clàrte ann an aithisg Comataidh sam bith a bhios air ullachadh. Tha seo ri fhaotainn airson sgrùdadh poblach, mar as trice le coimhead ri gearr-chunntas foillsichte na coinneamh Comataidh. Sa chumantas tha iad rim faotainn air làrach-lìn an Ùghdarras Ionadail. Tha riatanasan ann a-nis airson aithisgean làimhseachaidh a chur air clàran dealbhaidh – a dh'fhaodadh a bhith nan aithisgean comataidh cuideachd.

## **Mar a Gheibhear Cuideachadh le Dèanamh Riochdachaidhean**

Tha diofar dhòighean air cuideachadh fhaighinn le tuigsinn a' phròiseas dealbhaidh agus a' dèanamh ur beachdan mu iarrtas aithnichte. Airson comhairle choitcheann air a' phròiseas dealbhaidh, bu chòir dhuibh fios a chur chun na comhairle agaibh.

Ma tha sibh airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn air iarrtas sònraichte, bidh lethbhreac de na planaichean ri fhaotainn air a' Chlàr Dealbhaidh airson sgrùdadh aig Roinn Dealbhaidh na Comhairle Ionadail no 's dòcha air an

làrach-lìn aca. Bidh luchd-dealbhadh toilichte am fiosrachadh sa mholadh a shoilleireachadh dhuibh, ach cha toir iad adhbharan gearain dhuibh.

Airson comhairle air cùisean dealbhadh an-asgaidh, 's dòcha gum bi sibh cuideachd ag iarraidh fios a chur gu Taic Dealbhadh Alba (0131 220 9730). 'S e luchd-dealbhadh a tha sa bhuidheann seo, ach th e air leth bhon chomhairle agaibh. Tha làrach-lìn aig Taic Dealbhadh, aig [www.planningaidscotland.org.uk](http://www.planningaidscotland.org.uk).

Gu h-ìosal tha eisimpleir de ghearanan cumanta a dh'fhaodadh a bhith air am meas iomchaidh le Comhairlean a rèir suidheachadh na cùise.

#### Gearanan Iomchaidh gu Togalaichean Coimearsanta Ùra

- 'S e gearan iomchaidh cus de rud sam bith ann an sgìre. Mar eisimpleir, àiteachan-bidhe: cus ann mar-thà (ainmichibh iad)
- Cus fuaim aig pìoban agus sòrnaichean fionnarachaidh agus a' cur fàileadh fad is farsaing.
- Nithean Mì-shòisealta: togail sgudail agus libhrigeadh coimearsanta bho 5.30am gu 7.30am, fuaim bhotail, luchd-ceannachd air an t-sràid le bùthan fosgailte suas gu 3.30m, togalaichean ceadaichte (gearanan sam bith mun sin)
- Barrachd trafaig a' tighinn a-steach do cheàrn le luchd-còmhnaidh.
- Libhrigeadh bathair ann an ceàrnaidhean dùmhail, no sràidean le luchd-còmhnaidh.

Faodaidh sibh adhbharan sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith agaibh ainmeachadh ach 's dòcha nach tèid beachdachadh air cuid dhiubh mur e **cùisean dealbhadh tàbhachdach** a tha annta. Faodar gearanan eile mu dhòigh-giùlain theanantan, rianachd seilbh, msaa innse don Roinn bhuntainneach den Ùghdarras Ionadail agus iarraidh gum bi gearan sam bith air fòn air a chlàradh.

#### **Achd Dealbhadh (Alba) 2006**

Bidh an siostam dealbhadh ag atharrachadh ann an 2009. Chaidh reachdas agus modhan ùra a chur an gnìomh ann an Ghiblean agus Lùnastal 2009, a' toirt gu buil a' chuid as motha de Achd Dealbhadh msaa (Alba) 2006. Tha geàrr-chunntasan air na prìomh atharrachaidhean gu h-ìosal.

#### **Leasachaidhean ionadail, mòra agus nàiseanta - Rangachd Riaghailtean Leasachaidh**

Tha iarrtasan air an cur ann an diofar roinnean gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh riutha a rèir meud agus duilgheadais agus gus am faighear air co-dhùnaidhean a dhèanamh aig an ìre as iomchaidhe. Tha 3 roinnean san rangachd leasachaidh dom buin a h-uile leasachadh:

- leasachadh nàiseanta;
- leasachadh mòr; agus



- leasachadh ionadail.

Tha leasachaidhean nàiseanta air am mìneachadh san Fhrèam Dealbhaidh Nàiseanta (NPF2) a bha air fhoillseachadh san Ògmhios 2009. Tha leasachaidhean mòra air am mìneachadh sna Riaghailtean Rangachd. Tha a h-uile leasachadh eile air fhaicinn mar leasachadh ionadail. Bidh iarrtasan airson leasachadh mòr sa chumantas air an co-dhùnadh leis a' Chomataidh Dealbhaidh agus tha iad a' gabhail a-steach (chan e liosta iomlan a tha ann):

- Leasachadh air a rangachadh taobh a-staigh Liosta 1 ann an Riaghailtean Measadh Buaidh air an Àrainneachd;
- Leasachadh taigheadais de 50 aonadan no barrachd, no air làraich de chòrr air 2 heactair;
- Leasachadh airson Gnothachais, Gnìomhachais no airson stòradh agus libhrigeadh far a bheil an ùrlar iomlan nas motha na 10,000m<sup>2</sup>, no an làrach còrr air 2 heactair;
- Leasachadh eile, a' gabhail a-steach measgachadh de na roinnean gu h-àird, leis an ùrlar iomlan còrr air 5000m<sup>2</sup>, no air làrach de 2 heactair no barrachd.

Mar a tha air a chomharrachadh gu h-àird, feumaidh aithris air Dealbh agus Cothrom a bhith an cois iarrtasan cead dealbhaidh airson leasachadh 'nàiseanta' agus 'mòr'. Tha seo a' mìneachadh prionnsabalan agus bun-bheachd deilbh agus a' beachdachadh air cùisean cothruim airson ciorramaich. Feumaidh iarrtasan cead dealbhaidh (a' gabhail a-steach cead dealbhaidh ann am prionnsabal) airson leasachadh nàiseanta agus mòr a dhol tro co-chomhairle ro-iarrtas ri coimhearsnachdan.

## **A' Dèiligeadh ri iarrtasan dealbhaidh - Riaghailtean Modh Leasachadh Rianachd**

Buinidh na h-earrannan mu **Cho-chomhairle ro-iarrtas** gu sònraichte do chomhairlean coimhearsnachd agus thathar a' beachdachadh orra gu h-àird ach còmhla ri sin, 's dòcha gum bi ùidh anns na leanas cuideachd:

- **A' dèanamh iarrtasan dealbhaidh:** Faodaidh tagraichean foirmean ionadail a chleachdadh gus am bi foirm nàiseanta gnàthach ri fhaotainn, no dh'fhaodadh tagraichean foirm eileactronaigeach Riaghaltas na h-Alba a chleachdadh;
- Thathar ag iarraidh air tagraichean coimhead os cionn an fhiosrachaidh as lugha a dh'fheumar agus bruidhinn air riatanasan fiosrachaidh ro-làimh with the ùghdarras dealbhaidh;
- Tha **cead dealbhaidh ann am prionnsabal** (PPP) a' dol an àite dealbh-iomail cead dealbhaidh. Chan fheum PPP planaichean sam bith ach plana làraich (tha e an urra ris an neach-leasachaidh sa chiad iarrtas seo dè an tomhas fiosrachaidh a tha iad airson a thoirt seachad); chan fheumar aithris air dealbh agus cothrom, ach feumar PAC mas e leasachadh mòr no nàiseanta a tha ann;
- An àite **iarrtasan Cùisean Glèidhte** tha an riatanas airson gun cùm iarrtasan ri cumhachan air PPP;

- Feumar **Aithrisean air Dealbh/Dealbh agus Cothrom**: ann an iarrtasan cead dealbhaidh airson leasachadh mòr agus nàiseanta agus feumar aithrisean air dealbh airson iarrtasan leasachaidh ionadail airson togalaichean ùra ann an ceàrnaidhean le àrainn chugallach (m.e. Àrainnean Glèidhteachais). Tha beagan leasachaidhean do nach buin an riatanas coitcheann, mar leasachaidhean cinn-taighe agus atharrachaidhean cleachdaidh. Bu chòir aithrisean air dealbh agus cothrom ceuman airson daoine ciorramach a mhìneachadh. Tha Nota Dealbhaidh Comhairle (PAN) 68 a' toirt tuilleadh comhairle air ullachadh aithrisean mar sin. Chithear seo air a' cheangal-lìn a leanas - <http://www.scotland.gov.uk/Publications/2003/08/18013/25389>
- **Fios do nàbaidhean ri dhèanamh leis an ùghdarras dealbhaidh**: tha 21 latha air an toirt airson riochdachaidhean, seach na 14 latha a tha ann an-dràsta. **Far an do rinneadh co-chomhairle ro-iarrtas feumaidh luchd-gearain fhathast riochdachaidhean a dhèanamh an co-cheangal ris an iarrtas**;
- 'S e **liosta de iarrtasan maireann** liosta ruith de iarrtasan agus feumar fhoillseachadh, agus a chur air-loidhne. Feumar liosta fhoillseachadh cuideachd de 'fhiosan mu iarrtas san amharc' air an cur a-steach mar a' chiad ìre de cho-chomhairle ro-iarrtas. Tha iad sin air an cur gu Comhairlean Coimhearsnachd còmhla ri liostaichean seachdaine. Feumaidh clàr-innse stèidhichte air mapa a bhith sa chlàr iarrtais.
- Feumar **aithisgean làimhseachaidh** a chur a-mach còmhla ri fiosan mu cho-dhùnadh. Tha iad sin a' toirt fiosrachadh air eagrachadh an iarrtais, a' gabhail a-steach mar a chaidh dèiligeadh ri riochdachaidhean agus na prìomh cùisean;
- **Ùineachan airson tighinn gu co-dhùnadh**: 4 mìosan airson leasachadh mòr agus nàiseanta; 2 mhìos airson a' chòrr. Cha bhuin iad sin far a bheil an t-ùghdarras dealbhaidh agus tagraiche air aontachadh an ùine a leudachadh.
- Feumar cothrom air **èisteachd ron cho-dhùnadh** airson leasachaidhean mòra a tha gu mòr an aghaidh a' phlana leasachaidh agus leasachaidhean nàiseanta. Feumar an cumail air beulaibh comataidh Comhairle agus faodaidh tagraichean agus luchd-gearain/riochdairean bruidhinn. Bidh co-dhùnadh deireannach air an iarrtas air a dhèanamh leis an làn chomhairle.
- **Fiosan mu Làrach**: feumaidh iad a bhith air an taisbeanadh fhad 's a mhaireas an leasachadh, airson leasachadh nàiseanta, mòr agus cuid de leasachaidhean sònraichte a dh'fhaodadh buaidh nas fharsainghe a thoirt air sealladh. Tha na Riaghailtean a' toirt proforma gnàthach airson seo.
- **Ùine cead**: Chaidh seo a lùghdachadh gu 3 bliadhna airson cead dealbhaidh iomlan. Airson Cead Dealbhaidh ann am Prionnsabal 's e an ùine 2 bliadhna bhon chead airson na cùise bho dheireadh a dh'fheumas aonta a bharrachd mar a tha air a shònrachadh ann an cumhachan. Sa chumantas feumaidh iarrtasan eile airson an aonta a bharrachd a bhith taobh a-staigh 3 bliadhna de PPP. Faodaidh ùghdarrasan dealbhaidh ùineachan eadar-dhealaichte òrdachadh airson cead dealbhaidh no airson cead dealbhaidh ann am prionnsabal.

## **Sgeamaichean Tiomnaidh agus Riaghailtean Modh Ath-bhreithneachaidh Ionadail**

Feumaidh ùghdarrasan ionadail sgeama tiomnaidh ùr ullachadh airson iarrtasan anns an roinn leasachaidhean ionadail.

Chan fhaod an t-ùghdarras ionadail iarrtasan a ghabhail a-steach san sgeama ùr seo ma tha com-pàirt aig an ùghdarras ionadail ann no ma thig e bho bhall den ùghdarras dealbhaidh, ach airson iarrtasan eile taobh a-staigh roinn nan leasachaidhean ionadail faodar an sgeama aca a bhith a rèir na sgìre agus an t-suidheachaidh aca fhèin. Bidh cumhachdan aig ùghdarrasan fhathast co-dùnaidhean tiomnaichte de sheòrsa eile a dhèanamh fo Achd Riaghaltas Ionadail. Agus bithear fhathast a' dèiligeadh ri iarrtasan iom-fhillte no connspaideach aig comataidhean.

Tha na sgeamaichean tiomnaidh ùra sin a' ceangal ri pàirt ùr den t-siostam air Ath-bhreithneachaidhean Ionadail.

Ann an cùisean far a bheil oifigear air co-dhùnadh a dhèanamh air leasachadh ionadail fo chumhaichean an sgeama tiomnaidh ùir, ma bhios an neach-leasachaidh airson cur na aghaidh, bidh còir aca ath-bhreithneachaidh iarraidh tron Bhuidheann Ath-bhreithneachaidh Ionadail.

'S e atharrachadh mòr a tha seo oir aig an àm seo tha a h-uile ath-thagrachd, eadhon airson na cùisean as lugha air an dèanamh ri Ministearan na h-Alba. Tha an t-atharrachadh seo a' cùl-sgrìobhadh a' phrionnsabail gum bu chòir co-dhùnaidhean air cùisean ionadail a dhèanamh san sgìre ma bhios sin iomchaidh. Cuiridh am buidheann ath-bhreithneachaidh cudrom air leasachaidhean ionadail.

Bidh am buidheann ath-bhreithneachaidh ionadail air a dhèanamh suas de beagan bhuill le taic bho oifigearan. 'S urrainn don bhuidheann ath-bhreithneachaidh co-dhùnadh a rinneadh le oifigear den Chomhairle atharrachadh no aontachadh.

Tha am pròiseas so-ruigsinneach gus am faigh daoine air an fhiosrachadh buntainneach fhaicinn agus beachdachadh air aig toiseach gnothaich seach nas fhaide air adhart sa phròiseas. Tha Achd 2006 a' cuibhreachadh na h-ìre gum faighear air fiosrachadh ùr a thoirt a-steach mar phàirt de dh'ath-bhreithneachadh mur eil am fiosrachadh ùr; no adhbharan sònraichte airson nach robh e ri fhaotainn nuair a chaidh beachdachadh air an iarrtas; no a' togail nithean tàbhachdach.

Bidh am buidheann ath-bhreithneachaidh ionadail a' sgrùdadh bunaiteach air an stuth a bha air beulaibh oifigearan an ùghdarras rè a' phròiseas dealbhaidh còmhla ri riochdachaidhean agus fiosrachadh eile a fhuair eadhon rè a' phròiseas ath-bhreithneachaidh.

### **Ath-thagraidhean**

Mar le ath-bhreithneachaidhean ionadail, chaidh an ùine airson ath-thagradh a chur a-steach a lùghdachadh gu 3 mìosan bho 6. Bhiodh seo a' ciallachadh nach biodh aig coimhearsnachdan agus ùghdarrasan ri feitheamh cho fada gus faighinn a-mach a bheil an tagraiche am beachd cur an aghaidh co-dhùnadh na Comhairle.

Thathar den bheachd cuideachd nach bi am modh ath-thagraidh cho còmhragail oir 's urrainn don neach a chuireadh an dreuchd le Ministearan na h-Alba co-dhùnadh an dòigh as èifeachdaiche air gach cùis a sgrùdadh; i.e. am feum e barrachd air a' chiad beachdan a fhuairidh, airson a thighinn gu co-dhùnadh, mar tagraidhean sgrìobhte, èisteachdan no seisean rannsachaidh nas fhoirmeile, no measgachadh de na dòighean sin airson fiosrachadh fhaighinn. 'S urrainn don neach-aithisg co-dhùnadh dè na cùisean airson am feumar tuilleadh fiosrachaidh agus an dòigh as èifeachdaiche air an fhiosrachadh sin fhaighinn.

A rèir nan riaghailtean bu chòir don ath-thagraiche a h-uile cùis a tha iad am beachd a thogail a mhìneachadh agus sgrìobhainnean taice nan cois nuair a thathar a' dèanamh an ath-thagraidh. Còmhla ri na ullachaidhean ann an Achd 2006 a tha a' cuibhreachadh atharrachadh ri na molaidhean aig ìre ath-thagraidh, tha seo a' toirt taic do rùn an Riaghaltais gum bu chòir don phròiseas dealbhaidh a bhith so-ruigsinneach. Chan fhaodar stuth ùr a thoirt a-steach rè ath-thagraidh, mur urrainn don phàrtaidh sealltainn nach b' urrainn a shealltainn nas tràithe sa phròiseas, no gun do dh'èirich e bho shuidhichidhean air leth.

Tha tuilleadh fiosrachaidh air na cùisean sin ri fhaotainn ann an Cuairt-litrichean 4/2009: Modhan Rianachd Leasachaidh: 5/2009: Rangachd Leasachaidhean; 6/2009: Ath-thagraidhean Dealbhaidh agus 7/2009: Sgeamaichean Tiomnaidh agus Ath-bhreithneachaidhean Ionadail.

## **Leughadh a Bharrachd**

Tha srath iomlan de fhoillseachaidhean Dealbhaidh rim faotainn tro làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba, aig a' cheangal-lìn seo:

<http://www.scotland.gov.uk/Topics/Built-environment/planning/publications/>

Air làrach-lìn Taic Dealbhaidh Alba cuideachd tha diofar fhoillseachaidhean feumail, a' gabhail a-steach stiùireadh SP=EED (Scottish Planning=Effective Engagement and Delivery). Tha seo ag amas air co-obrachadh coimhearsnachd nas fheàrr air cùisean Dealbhaidh. Gheibhear an sgrìobhainn ann an cruth PDF aig a' cheangal-lìn seo: <http://planningaidscotland.org.uk/assets/File/SPEED.pdf>

## **EARRANN 13 PRÌOMH MHAOINEACHADH BHO ÙGHDARRASAN IONADAIL**

'S e cur stòras ri Comhairlean Coimhearsnachd cùis far am bi Ùghdarrasan Ionadail a' dèanamh ullachaidhean a fhreagras air suidhichidhean ionadail.

Bidh cuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' toirt clàrcan pàirt-ùine, oifisean agus buidseatan rianachd math do CCan san sgìre aca. 'S e modail prataigeach a tha ann gus a leantainn far a bheil uallach agus co-dhùnaidhean tiomnaichte gu Comhairlean Coimhearsnachd.

### **Tabhartasan – Caiteachas Ris an Tèid Gabhail**

Nuair a tha comhairle coimhearsnachd air a stèidheachadh bidh tabhartas tòiseachaidh aca gus dèiligeadh ris a' chiad chosgais rianachd. A thuilleadh air seo aon uair 's gum bi comhairle coimhearsnachd air a stèidheachadh gheibh iad tabhartas rianachd bliadhnail. Còmhla ri seo nuair a bhios comhairle coimhearsnachd air a stèidheachadh tha an tabhartas rianachd pàighte gach bliadhna, nuair a chuirear a-steach cunntasan bliadhnail sgrùdaichte anns am bi teachd-a-steach agus cosgais uile na comhairle coimhearsnachd airson na bliadhna-ionmhais a dh'fhalbh, geàrr-chunntas agus cunntasan banca aig an àm.

'S e adhbhar an tabhartais rianachd dèiligeadh ri na cosgaisean ann an rianachd gnothach comhairle coimhearsnachd. Tha eisimpleirean de na cosgaisean sin air am mìneachadh gu h-ìosal:

- Àrachas
- Cisean an Neach-cunntais
- Deasachadh agus cuairteachadh geàrr-chunntas, clàr-gnothaich agus aithisgean bliadhnail
- Stuthan-sgrìobhaidh
- Lethbhreacadh
- Postachd
- Cosgaisean siubhail
- Cosgaisean fòn
- Àiteachan-obrach air mhàl
- Cisean co-cheangail
- Cisean bliadhnail
- Cisean banca
- Sanasachd
- Follaiseachd Coitcheann agus tachartasan.
- Co-chomhairle ris a' choimhearsnachd.

Faodaidh comhairlean coimhearsnachd teachd-a-steach fhaighinn à àiteachan a bharrachd air an Ùghdarras Ionadail. Dh'fhaodadh an teachd-a-steach seo cuideachd a bhith air a chur ri caiteachas nach eil air a ghabhail a-steach sna tabhartasan bhon Ùghdarras Ionadail. Ach, bidh cunntasan na comhairle coimhearsnachd a' foillseachadh a h-uile teachd-a-steach a thig à àite sam bith agus a' sealltainn a h-uile caiteachas chan e dìreach caiteachas tabhartasan an Ùghdarras Ionadail. Far am faigh an t-Ùghdarras Ionadail iarrtas airson tabhartas-airgid thèid beachdachadh air suidhichidhean ionmhasail na comhairle coimhearsnachd air fad gus maoin ri fhaotainn agus air a ghealltainn a dhearbhadh mus dèilig an t-Ùghdarras Ionadail ris an iarrtas airson tabhartas-airgid.

### **Modhan Cunntasachd – Airgead-làimhe**

- Bu chòir leabhar-airgid a bhith aig gach comhairle coimhearsnachd agus bu chòir a h-uile teachd-a-steach agus cosgais a chlàradh ann. Bu chòir an ceann-là, iomradh, suim agus àireamh-cuidhteis a bhith air a chlàradh cuideachd.
- Bu chòir don chomhairle coimhearsnachd ùghdarras a thoirt do thriùir bhuill aig nach eil buntanas ri chèile an ainm a chur ri cunntasan banca na comhairle coimhearsnachd. Bu chòir ainm-sgrìobhte dithis den triùir a bhith air a h-uile seic agus bileag airgead a-mach. Bu chòir atharrachaidhean sam bith air na buill ùghdarraichte sin a bhith air an aontachadh leis a' chomhairle choimhearsnachd.
- Cha bu chòir don t-suim airgead-làimhe a bhith ro mhòr agus bu chòir dha a bhith a rèir a' chaiteachais mhìosail
- Bu chòir gach teachd-a-steach a chur sa bhanca gu h-iomlan. Bu chòir a h-uile teachd-a-steach a fhuairleadh a chur sa bhanca agus cha bu chòir a chleachdadh airson coinneachadh ri caiteachas. Ma dh'fheumar maoin airson caiteachas am bith bu chòir an dara cuid am pàigheadh le seic no airgead a thoirt a-mach às a' bhanca.
- Aon uair 's gu bheil suim air a chur sa bhanca bu chòir bileag pàigheadh-a-steach a' bhanca a ghleidheadh agus a dhearbhadh ris an aithris banca no an leabhar banca gus dèanamh cinnteach gun deach an teachd-a-steach a chur ris gu ceart.

### **Modhan Cunntasachd – Caiteachas**

- Feumaidh a h-uile caiteachas a bhith air aontachadh ro-làimh leis a' chomhairle coimhearsnachd.

- Feumaidh dearbhadh air ceannachd, an dara cuid eàrlas caiteachais no fàirdeal le cuidhteas a bhith an cois a h-uile caiteachas.
- Bu chòir àireamh cho-leanailteach a thoirt do chuidhteasan agus am faidhleadh a rèir sin.
- Bu chòir fiosrachadh mun chaiteachas a chlàradh san leabhar-airgid cho luath 's a chaithear e. Far nach eil cuidhteas ri fhaotainn, bu chòir don neach-ceannachd foirm a lionadh ag innse an seòrsa caiteachais. Bu chòir am foirm a bhith ùghdarraichte le ball de chomataidh na comhairle coimhearsnachd.
- Sa chumantas bidh cunntas-ruith air a chleachdadh airson malairt làitheil le cunntas taisgte agus/no sàbhalaidh a bharrachd, ma thèid iarraidh, gus am faighear riadh air airgead cruinnichte.
- Bu chòir don ionmhasair feitheamh ri na h-aithrisean banca agus nuair a gheibhear e bu chòir rèite-banca a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil an cothromachadh banca co-ionann ris a' chothromachadh san leabhar-airgid. Bu chòir a h-uile aithris banca a ghleidheadh.
- Ma bheirear airgead-iomlaid seachad bu chòir a h-uile eàrlas airgead-iomlaid a bhith air a shoidhneadh leis an neach dh'iarr an t-airgead agus air a cho-shoidhneadh leis an ionmhasair no le ball ùghdarraichte eile – chan e an neach a tha ag iarraidh an airgid. Bu chòir a h-uile cuidhteas airson caiteachas a ghleidheadh agus a chur an cois an eàrlas airgead-iomlaid iomchaidh.
- Cha bu chòir cosgaisean siubhail a phàigheadh air ais ach do dhaoine air gnothach oifigeil na comhairle coimhearsnachd. Bu chòir do thagraichean cunntas mionaideach a chur a-steach de chinn-là, uairean, ceann-uidhe, adhbhar siubhail agus modh còmhdhail. Cha bu chòir cosgaisean siubhail (mar eisimpleir bus, tagsaidh, tràna, cìsean pàircidh msaa) a phàigheadh air ais ach a-mhàin ma bhios cuidhteas iomchaidh nan cois.
- Ma bhios aig comhairle coimhearsnachd ri fòn a chleachdadh, faodar cosgaisean a phàigheadh air ais mar is roghnach leis a' chomhairle coimhearsnachd. Bu chòir don neach a tha a' dèanamh an tagraidh an cunntas-fòn a chur a-steach le na thathar ag iarraidh air ais air a chomharrachadh. Bidh cosgaisean pàighte air ais le cead na comhairle coimhearsnachd.

### **Modhan Cunntasachd – Cunntasan Bliadhnail**

Tha na paragrafan a leanas dìreach airson teachd-a-steach agus cosgais cùisean ris an deach dèiligeadh nas tràithe san stiùireadh seo a dhaingneachadh.

- Feumar aithris bhliadhnail air teachd-a-steach agus cosgais airson a h-uile cunntas a' gabhail a-steach a h-uile teachd-a-steach agus cosgais ullachadh aig ceann bliadhna-ionmhais na comhairlean coimhearsnachd agus feumaidh e a bhith air a sgrùdadh le neach gun bhuntanas ris a' mhaoin.
- Feumar na cunntasan sgrùdaichte a thoirt don chomhairle coimhearsnachd agus tro thìde lethbhreac a chur gu oifigear an Ùghdarrais Ionadail.
- Tha eisimpleir de dh'aithris bhliadhnail air teachd-a-steach agus cosgais sa phàipear-taice an cois seo. Chan eil am fiosrachadh uile taobh a-staigh a' chunntais fìor agus tha e air a chleachdadh a-mhàin mar stiùireadh air ciamar a bu chòir cunntasan ullachadh.

### **Modhan Cunntasachd – Maoin-chunntas**

Feumaidh a' chomhairle coimhearsnachd maoin-chunntas a chumail le mìneachadh air maoin na comhairle coimhearsnachd gu lèir. Bu chòir cumail ag ùrachadh a' mhaoin-chunntais airson cur ris agus toirt às agus tha eisimpleir de mhaoin-chunntas air an ath dhuilleag.



**COMHAIRLE COIMHEARSNACHD  
AITHRIS AIR CUNNTASAN**

**Cunntas Cosgais Teachd-a-steach  
airson na h-ùine \_\_\_\_gu\_\_**

**Cothromachadh air adhart**

£'s

**Teachd-a-  
steach**

|                        |      |
|------------------------|------|
| Tabhartas Rianachd     | 0.00 |
| Tabhartas fo Ùghdarras | 0.00 |
| Riadh Banca            | 0.00 |

**Caiteachas**

|                                                     |      |
|-----------------------------------------------------|------|
| Àrachas                                             | 0.00 |
| Cosgaisean àite-fuirich                             | 0.00 |
| Cìsean an Neach-cunntais                            | 0.00 |
| Cìsean Bliadhnail                                   | 0.00 |
| Cosgaisean Siubhail                                 | 0.00 |
| Foillseachadh Geàrr-chunntas & Clàran-<br>gnothaich | 0.00 |
| Foillseachadh Litrichean-naidheachd                 | 0.00 |
| Stuthan-<br>sgrìobhaidh                             | 0.00 |
| Lethbhreacadh                                       | 0.00 |
| Cosgaisean Postachd                                 | 0.00 |
| Cosgaisean Fòn                                      | 0.00 |
| Cosgaisean eile                                     | 0.00 |
| Caiteachas eile                                     | 0.00 |

***Cothromachadh***

Riochdaichte le:

Airgead sa Bhanca

Airgead ri Làimh (Suim an Ionmhasair)

Mar a Chaidh Ullachadh le \_\_\_\_\_

Fiosrachadh            mun  
Neach-sgrùdaidh

Ainm  
Dreuchd  
Buidheann  
Seòladh

## Fòn

Chuireadh an aithris gu h-àird ri chèile bho leabhraichean agus clàran agus mìneachadh fhaotainn.

Ainm-  
sgrìobhte  
Ceann-là

(Neach-  
sgrùdaidh)

---

Ainm-sgrìobhte      a'  
Chathraiche

Ceann-  
là

Ainm-sgrìobhte      an  
Ionmhasair

---

Ceann-  
là

---

## **EARRANN 14 TAIC NEO-IONMHASAIL BHO ÙGHDARRASAN IONADAIL**

### **Stòras tro Bhathar**

Bidh an tabhartas airgid a dh'fheumas CC, gu ìre, an urra ri dè na cosgaisean ris am faodadh an t-ùghdarras ionadail fhèin coinneachadh.

Tha na stòrasan taice a leanas uile air an toirt an-asgaidh do CCan le cuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Ma bhios e ion-dhèanta thathar ag iarraidh air Ùghdarrasan Ionadail taic iomchaidh a thoirt do na Comhairlean Coimhearsnachd aca, mar na eisimpleirean gu h-ìosal:

- Àite airson coinneamhan (ann an togalaichean an ùghdarrais, no an àite eile pàighte leis an Ùghdarras Ionadail).
- Togalaichean anns an cùm Comhairlichean Coimhearsnachd freastal-lannan.
- Lethbhreacadh.
- Clò-sgrìobhadh Gheàrr-chunntasan.
- Lìbhrigeadh Gheàrr-chunntasan agus pàipearan coinneimh eile.
- Earrann dhaibh fèin air làrach-lìn an Ùghdarrais Ionadail.
- Àrachas airson Buailteachd Poblach, Mì-chliùthachadh agus Dochann Pearsanta (ASCC).
- An t-Ùghdarras a' pàigheadh na Cìs Fiosrachadh Dìon Dàta airson a h-uile CC
- Cuideachadh CCan le fios gu Oifis a' Choimiseanair Fiosrachaidh.
- Cothrom air reaprografaig na Comhairle agus goireasan oifis eile (deasg shealach).
- Compiutair-uchd do gach CC
- Cothrom air an eadar-lìon aig an taigh airson oifigear ainmichte de gach CC.
- Cothrom air IT airson Comhairlichean Coimhearsnachd nach fhaigh e na dhachaigh (Ann an leabharlannan/goireasan coimhearsnachd).
- Cothrom air bùird brath poblach, agus siostaman fiosrachaidh LA eile.
- Earrann dhaibh fèin ann am foillseachaidhean ùghdarrais ionadail, agus air Telebhisean agus rèidio coimhearsnachd.
- Cothrom air maoin tabhartais air fheansadh dheth, airson pròiseactan ionadail.

## **EARRANN 15 CO-CHOMHAIRLE AGUS MODHAN CO-DHÙNAIDH**

### **A' stèidheachadh meadhan airson beachdan air ais**

Tha ceangal catharra deatamach do dheamocrasaidh an latha an-diugh agus mar phàirt den phròiseas ceangail catharra. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba, agus buidhnean poblach eile, dèanamh cinnteach gu bheil co-chomhairle dìreach air a chur ri Comhairlean Coimhearsnachd fa leth aig an ìre as tràithe a ghabhas de leasachadh poileasaidh agus den mhodh co-dhùnaidh air cùisean ionadail.

Bu chòir na leanas a bhith ann an sgrìobhainn co-chomhairle sam bith: -

- geàrr-chunntas gnìomhach;
- adhbhar soilleir a' leantainn chun a' chùrsa co-chomhairleachaidh;
- amasan soilleir air an iarraidh bho chùrsa co-chomhairleachaidh;
- bu chòir sgrìobhainn sam bith a bhith so-thuigsinn, goirid, gun jargon agus ri fhaotainn fad is farsaing;
- ceistean sònraichte an co-cheangal ris an obair co-chomhairleachaidh;
- ùine freagairt as lugha de 12 seachdainean – nas fhaide ma tha e aig àm saor-làithean;
- raon-ama air a mholadh airson toraidhean; agus
- roghainnean airson beachdan air ais a' gabhail a-steach an riochd as fheàrr le daoine fa leth.

Eadar gu bheil e foirmeil no neo-foirmeil, aon uair 's gu bheil a' chùrsa co-chomhairleachaidh crìochnaichte, agus na freagairtean air am mion-sgrùdadh, bu chòir geàrr-chunntas air na freagairtean, a' gabhail a-steach molaidhean sam bith a thàinig gu buil airson atharrachadh no gnìomhan, a bhith ri fhaotainn ann an diofar chruthan, mar:

- làrach-lìn na buidhne;
- ann an cruth pàipeir ma thèid iarraidh;
- tro sheiseanan aghaidh ri aghaidh;

Aig toiseach cùrsa co-chomhairleachaidh sam bith, bu chòir gach buidheann dèanamh cinnteach gur e am prìomh oifigear no ball den luchd-obrach, a tha a' gabhail uallach na h-obair co-chomhairleachaidh cuideachd air am bi uallach airson sgaoileadh an fhiosrachaidh air ais a cho-òrdanachadh agus bu chòir dha a bhith ann an diofar chruthan iomchaidh. Bu chòir don

fhiosrachaidh air ais mion-sgrùdadh a thoirt air na freagairtean a fhuair a' fhuair agus mineachadh air molaidhean airson atharrachaidhean mar thoradh air a' chùrsa co-chomhairleachaidh. Bu chòir toradh obair co-chomhairleachaidh a bhith ri fhaotainn bhon bhuidheann co-chomhairleachaidh.

Cha bu chòir beachdan air ais fhoillseachadh mar leabhraichean faileasach no fiosrachadh ann an cruth pàipeir a chuirteachadh air thuairis. Bu chòir na freagairtean a chaidh an sgrùdadh agus na molaidhean, a thàinig bhon chùrsa co-chomhairleachaidh, a bhith rim faotainn leis a' mhòr-shluagh.

## **EARRANN 16 DÌON DÀTA**

### **Cùl-fhiosrachadh**

Tha Achd Dìon Dàta 1998 a' riaghladh mar a thathar a' cleachdadh dàta pearsanta. Tha e a' cur dleastanasan cudromach air daoine no buidhnean sam bith, a' gabhail a-steach Comhairlean Coimhearsnachd, a bhios a' faighinn, a' stòradh, a' cleachdadh no a' dèiligeadh ri dàta pearsanta an dara cuid gu h-eileagtronaigeach no taobh a-staigh cuid de chlàran pàipeir. Ged a dh'fhaodadh briseadh riatanasan na h-Achd leantainn gu briseadh an lagha, bu chòir Comhairlichean Coimhearsnachd a bhith dòchasach nach fheumadh a' chuid as motha de bhrisidhean ach leasachadh agus nach biodh iad air am faicinn mar eucoirean.

### **Dàta Pearsanta agus Dàta Pearsanta a Dh'fheumas Faiceall**

- Riaghailtean sònraichte a' riaghladh obrachadh fiosrachadh pearsanta a dh'fheumas faiceall.
- Tha "dàta pearsanta" a' ciallachadh fiosrachadh sam bith tron aithnichear duine a tha beò (air ainmeachadh san Achd mar "dàta cuspaire"). Chan e dàta pearsanta a th' ann am fiosrachadh air daoine nach eil beò, no air companaidhean no buidhnean corporra eile
- Tha "dàta pearsanta a dh'fheumas faiceall" a' ciallachadh fiosrachadh mu nithean mar dualchas cinnidh, poileataics no creideamh, slàinte cuirp no inntinn, gnèitheasachd agus eucoir. Buinidh riaghailtean sònraichte do dàta pearsanta a dh'fheumas faiceall agus bu chòir do Chomhairlean Coimhearsnachd comhairle fhaighinn ma tha iad a' cumail dàta pearsanta a dh'fheumas faiceall sam bith (ach a-mhàin na tha san raon phoblach mar ceangal poileataigeach bhuill thaghte na sgìre no na buidhnean dom buin pearsachan-eaglais).
- Tha an Achd a' riaghladh obrachadh dàta pearsanta. Tha "Obrachadh" a' ciallachadh a bhith a' faighinn dàta, ga stòradh, ga atharrachadh no a' cur ris, ga fhoillseachadh do threas pàrtaidhean, ga dhubhadh às – i.e. ud sam bith a bhithear a' dèanamh leis. 'S e "rianadair dàta" a chanar ri neach no buidheann a bhios ag obrachadh dàta pearsanta.
- Buinidh an Achd do dhàta pearsanta a tha air a chumail ann an siostam stòraidh de sheòrsa sam bith, eileagtronaigeach no làimhe.

### **Na Prionnsabalan Dìon Dàta**

Tha an Achd a' mìneachadh riaghailtean bunaiteach a thaobh obrachadh dàta pearsanta, 's e sin na Prionnsabalan Dìon Dàta. Tha iad a' gabhail a-steach –

- Feumaidh dàta a bhith air obrachadh gu cothromach agus gu laghail;
- Feumaidh dàta a bhith air fhaighinn airson aon adhbhar no barrachd ainmichte agus laghail, agus chan fhaodar obrachadh ann an dòigh sam bith nach eil a' co-fhreagairt nan adhbharan sin;
- Feumaidh dàta a bhith iomchaidh agus buntainneach agus chan fhaod cus a bhith ann;
- Feumaidh dàta a bhith neo-mhearachdach agus air a chumail suas;
- Chan fhaod dàta a chumail nas fhaide na dh'fheumar;
- Feumaidh dàta a bhith air obrachadh ann na co-rèir ri còraichean a' chuspair dàta;
- Feumar ceuman teicnigeach agus eagrachaidh iomchaidh a ghabhail gus nach bi an dàta air a chleachdadh gun chead no gu mì-laghail agus nach tèid an call, am milleadh no an cur à bith gun fhios dhaibh.

### **Còraichean a' Chuspair Dàta**

Tha an Achd a' toirt còraichean cudromach do chuspairean dàta, a' gabhail a-steach còir –

- Innse dhaibh gu bheil an dàta pearsanta aca air obrachadh leis an rianadair dàta;
- Cothrom a thoirt dhaibh air an dàta pearsanta;
- Iarraidh nach bi an dàta pearsanta air a chleachdadh airson margaideachadh dìreach;
- Iarraidh air an rianadair dàta stad a chur air obrachadh sam bith den dàta pearsanta aca a tha ag adhbharachadh mòran cron no àmhghar gun adhbhar.

### **Briseadh na h-Achd**

- Chan eil briseadh nam Prionnsabalan Dìon Dàta na eucoir ann fhèin ach dh'fhaodadh seo atharrachadh a dh'aithghearr. Tha casaidean aig an àm seo a' gabhail a-steach faighinn, foillseachadh no reic fiosrachaidh gu neo-laghail, gun Fios bhon Choimiseanair a choileanadh agus gun innse don Choimiseanair mu obrachadh dàta sam bith. 'S e pàigheadh càin am peanas airson na casaidean sin.
- 'S dòcha gum bi airgead-dìolaidh ri phàigheadh do neach sam bith a tha a' fulang milleadh agus àmhghar mar thoradh air briseadh na h-Achd. Tha an t-airgead-dìolaidh sin air a bhuileachadh leis a' Chùirt.

### **An Coimiseanair Fiosrachaidh**

Tha Achd Dìon Dàta air a riaghladh agus air a chur an gnìomh leis a' Choimiseanair Fiosrachaidh, Wycliffe House, Water Lane, Wilmslow, Cheshire SK9 5AF agus buinidh i don Rìoghachd Aonaichte air fad. Tha cumhachdan aig a' Choimiseanair fon Achd a bhith a' cur Fios gu rianadairean dàta, ag iarraidh

orra innse dhaibh a bheil iad a' cumail ris an Achd, no ceuman sònraichte a ghabhail fon Achd; mar a tha air a chomharrachadh gu h-àird, 's e eucoir a tha ann gun Fios a choileanadh. Tha cumhachd aige cuideachd rannsachaidhean a dhèanamh, a' gabhail a-steach cumhachd a dhol a-steach do dh'àite-obrach an rianadair dàta.

Bidh an Coimiseanair a' foillseachadh stiùireadh mionaideach air diofar roinnean den Achd air an làrach-lìn aige aig [www.ico.gov.uk](http://www.ico.gov.uk). Gheibhear comhairle cuideachd bho oifis an ICO an Alba a tha ann an Dùn Èideann aig [Scotland@ico.gsi.gov.uk](mailto:Scotland@ico.gsi.gov.uk) no 0131 225 6341 (Cha bu chòir an Coimiseanair Fiosrachaidh a mheasgachadh ri Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba, a tha a' cur an gnìomh Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002.)

## **Fios chun a' Choimiseanair Fiosrachaidh**

Fon Achd feumaidh a h-uile rianadair dàta innse don Choimiseanair Fiosrachaidh na roinnean de dhàta pearsanta a tha iad ag obrachadh, na h-adhbharan airson a bheil iad gan obrachadh agus cò dha a dh'fhaodar an dàta fhoillseachadh. Chan fheum Comhairlean Coimhearsnachd innse ach dàta pearsanta sam bith a tha air obrachadh gu h-eileagtonaigeach. Tha am fiosrachadh air a ghabhail a-steach ann an Clàr Fhiosan a' Choimiseanair, a tha fosgailte do sgrùdadh poblach. Mur eil e taobh a-staigh roinn neo-bhuailteach, 's e eucoir a tha ann dàta pearsanta obrachadh gun innse don Choimiseanair an toiseach. 'S dòcha nach bi ach beagan Chomhairlean Coimhearsnachd neo-bhuailteach.

## **Cumail ri Achd Dìon Dàta**

Feumaidh comhairlean coimhearsnachd cumail ri Achd Dìon Dàta oir tha iad ag obrachadh dàta pearsanta mar a tha air a mhìneachadh fon Achd. Mar eisimpleir, 's dòcha gum bi Rùnaire Chomhairlean Coimhearsnachd a' cumail clàran eileagtonaigeach de ainmean is seòlaidhean nam ball, cuid de luchd-còmhnaidh na sgìre agus buill thaghte no luchd-obrach an ùghdarrais ionadail. Dh'fhaodadh iad sin a bhith taobh a-staigh stòran-dàta, Geàrr-chunntas choinneamhan no ann an conaltradh.

Gus cumail ris an Achd, bu chòir do Chomhairlean Coimhearsnachd na ceuman a leanas a ghabhail:

- Neach ainmeachaidh (me an Rùnaire) mar an neach le uallach airson dìon dàta.
- Ma tha sibh a' cruinneachadh pearsanta dàta bho dhaoine, bu chòir dhuibh innse carson a tha an dàta ga chruinneachadh agus ainm na Comhairle Coimhearsnachd a thoirt dhaibh còmhla ri ainm an neach air a bheil uallach airson dìon dàta.
- Dèanamh cinnteach gu bheil dàta pearsanta air a dhìon mar bu chòir – ma tha dàta air a stòradh gu h-eileagtonaigeach, dèanamh cinnteach gu



bheil am facal-faire dìonta agus (ma dh'fheumar faiceall) dìomhair. Ma tha iad air an stòradh le daoine (me siostam faidhlidh pàipeir), dèanamh cinnteach gu bheil na faidhleachan air an cumail ann an àite tèarainte.

- Dèanamh cinnteach nach eil dàta pearsanta aig àm sam bith air fhoillseachadh do threas phàrtaidh sam bith gun chead, gun fhios no a dh'aona ghnòthaich. Na bruidhinn air cùisean pearsanta san fhollais agus na fàg pàipearan no faidhleachan coimpiutair aig an taigh far am faicear iad.
- Bho àm gu àm ath-bhreithneachadh an dàta pearsanta a tha air a chumail, a' dèanamh cinnteach gu bheil e fhathast ceart agus air a chumail suas – bu chòir dàta air nach eil feum tuilleadh a chur à bith no a ghearradh.
- FÌOR CHUDROMACH: innse don Choimiseanair Fiosrachaidh mun dàta pearsanta a thathar ag obrachadh, na h-adhbharan airson a bheil e air obrachadh agus cò dha a dh'fhaodar an dàta fhoillseachadh. 'S e eucoir a tha ann dàta pearsanta obrachadh mur tèid an toiseach innse don Choimiseanair.
- Mus toirear am fiosrachadh, faighinn a-mach dè an dàta pearsanta a tha air a chumail agus cò na cuspairean dàta; faighinn a-mach nan adhbharan airson am bi an dàta air a chleachdadh; comharrachadh càit agus ciamar a tha an dàta air a stòradh no air a chlàradh. Cuidichidh seo le lìonadh a-steach an teamploid brath.
- Faodar fios a chur air-loidhne aig làrach-lìn a' Choimiseanair, aig [www.ico.gov.uk/what\\_we\\_cover/data\\_protection/notification.aspx](http://www.ico.gov.uk/what_we_cover/data_protection/notification.aspx) agus an uairsin le bhith a' leantainn an stiùiridh ceum air cheum a tha an sin. Tha teamploidean gnàthach airson diofar seòrsa buidhnean air an làrach-lìn, mar seata de theamploidean riaghaltais ionadail agus nàiseanta; Tha seo a' gabhail a-steach, a-rithist, teamploid ghnàthach N958 – Comhairle Coimhearsnachd Albannach. Le bruthadh air an teamploid sin, tha roinnean agus cleachdadh gnàthach dàta pearsanta airson Comhairle Coimhearsnachd air an cur sa bhrath. Seall a bheil am fiosrachadh ceart agus atharraich an fhoirm mus tèid a chlàradh, a shoidhneadh agus a chur chun a' Choimiseanair sa phost.
- No, dh'fhaodadh Comhairle Coimhearsnachd am fiosrachadh a dh'fheumar, mar a tha air a shealltainn gu h-ìosal, a chur gu [notification@ico.gov.uk](mailto:notification@ico.gov.uk), agus iarraidh teamploid Comhairle Coimhearsnachd Albannach airson a lìonadh. Bheir fios Roinn a' Choimiseanair Fiosrachaidh an uair sin dreachd a bhios a' Chomhairle Coimhearsnachd ag aontachadh/atharrachadh ma bhios feum air.
- Faodaidh Comhairlean Coimhearsnachd cuideachd fònach Loidhne-taic Brath a' Choimiseanair Fiosrachaidh air **01625 545 740** agus dreachd theamploid Comhairle Coimhearsnachd Albannach iarraidh airson a

lìonadh. Bu chòir am fiosrachadh a dh'fheumar (mar a tha air a shealltainn gu h-ìosal) a thoirt air a' fòn.

Tha am fiosrachadh a dh'fheumar mar a leanas:

- Ainm na Comhairle Coimhearsnachd
- Seòladh na Comhairle Coimhearsnachd
- Ainm agus dreuchd sa Comhairle Coimhearsnachd (i.e. Cathraiche/Rùnaire/Ionmhasair)
- Seòladh
- Àireamh fòn
- Facs (ma tha e ri fhaotainn)
- Seòladh post-dealain

Aig an àm seo tha brath a' cosg £35 agus feumar ùrachadh gach bliadhna.

## **EARRANN 17 IARRTASAN CEADACHD**

### **CEADACHD DEOCH LÀIDIR - CO-CHOMHAIRLE RI COMHAIRLEAN COIMHEARSNACHD**

#### **Siostam Ùr**

Gabhaidh Achd Ceadachd (Alba) 2005, àite Achd 1976 le èifeachd bho Samhain 2009. Tha ullachaidhean ann san eadar-ama airson suas chun a' chinn-là sin. Tha ullachaidhean ùra ann an Achd 2005 mu iarrtasan leis a' Bhòrd agus gearanan.

Ceangal ri Achd 2005

[http://www.opsi.gov.uk/legislation/scotland/acts2005/asp\\_20050016\\_en\\_1](http://www.opsi.gov.uk/legislation/scotland/acts2005/asp_20050016_en_1)

#### **Tha Achd 2005 a' dèanamh cinnteach:**

- Gum fem Bùird Ceadachd innse don Chomhairle Coimhearsnachd mu iarrtas ceadachd airson togalach ùr sam bith no iarrtas airson atharrachadh mòr air mar a tha togalach ag obrachadh;
- Gum faigh Comhairlean Coimhearsnachd air cur na aghaidh iarrtais no riochdachaidhean a dhèanamh agus gum faod iad iarraidh air Bùird Ceadachd èisteachd a chumail gus cead ath-bhreithneachadh ma tha e ag obrachadh taobh a-muigh cumhachan ceadachd an togalach no na h-amasan ceadachd;
- Gum bi Ùghdarrasan ionadail a' fastadh Oifigear Inbhean Ceadachd le dleastanasan a' gabhail a-steach eadar-mheadhanachadh le togalaichean ceadaichte gus feuchainn ri duilgheadasan fhuasgladh a' gabhail a-steach an fheadhainn air an togail le Comhairlean Coimhearsnachd; agus
- Gum feum Bùird Ceadachd com-pàirt a thoirt do luchd-còmhnaidh na sgìre ann an co-chomhairle air Aithris air Poileasaidh no measadh air cus solair Bùird Ceadachd, far am faodadh iomradh a thoirt air mar a thathar an dùil com-pàirt a thoirt do Chomhairlean Coimhearsnachd ann an cùisean Bòrd Ceadachd.

## **EARRANN 18 CAOCHLADH CO-IONANNACHD AGUS COMHAIRLEAN COIMHEARSNACHD**

### **Ro-ràdh**

'S e adhbhar na h-earrainn seo:

- dèanamh soilleir carson a dh'fheumas Comhairlean Coimhearsnachd a bhith mothachail air na uallaichean coitcheann a bhuineas do Dhleastanasan Co-ionannachd Cinnidh, Ciorraim agus Gnè; agus
- mar is urrainn dhaibh pàirt cudromach a ghabhail ann an adhartachadh agus toirt taic do cho-ionannachd sa choimhearsnachd.

### **Cùl-fhiosrachadh**

Thug Achd Dàimh Cinnidh (Atharrachadh) 2000 [http://www.opsi.gov.uk/acts/acts2000/ukpga\\_20000034\\_en\\_1](http://www.opsi.gov.uk/acts/acts2000/ukpga_20000034_en_1) agus Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 2003 [http://www.opsi.gov.uk/acts/acts2000/ukpga\\_20000034\\_en\\_1](http://www.opsi.gov.uk/acts/acts2000/ukpga_20000034_en_1) còmhla ri diofar laghan Phàrlamaid na h-Eòrpa dleastanasan agus uallaichean a bharrachd do Chomhairlean Coimhearsnachd.

'S e prìomh adhbhar Comhairle Coimhearsnachd beachdan na coimhearsnachd aca fhaighinn a-mach agus an cur an cèill gu soilleir don Ùghdarras Ionadail agus buidhnean poblach eile mar an NHS. Tha cuid dhiubh cuideachd a' dol an sàs ann an togail-airgid, cur air dòigh pròiseactan coimhearsnachd agus gnìomhan eile mar sin.

Mar sin, tha gach cuid dleastanas agus uallach air Comhairlean Coimhearsnachd dèanamh cinnteach gu bheil iad a' riochdachadh na h-uile taobh a-staigh na coimhearsnachd aca de gach cinneadh, ciorram, gnè, aois, gnèitheasachd, creideamh agus/no creud.

Feumaidh Comhairlean Coimhearsnachd obrachadh ann an co-rèir ri Sgeama(ichean) Co-ionannachd Cothruim an Ùghdarras Ionadail buntainneach.

Tha an earrann seo a' dèiligeadh ris an uallach coitcheann a bhuineas do na dleastanasan cinnidh, ciorraim agus gnè a tha èifeachdach mar-thà.

### **Cinneadh**

## Uallaichean

Ann na coileanadh an gnìomhan bu chòir do Chomhairlean Coimhearsnachd:

- cur às do lethbhreith cinnidh neo-laghail;
- co-ionannachd cothruim a bhrosnachadh; agus
- deagh dhàimhean a bhrosnachadh eadar daoine a bhuineas do dhiofar bhuidhnean cinnidh.

## Ciorram

### Uallaichean

Ann na coileanadh an gnìomhan bu chòir do Chomhairlean Coimhearsnachd:

- co-ionannachd cothruim a bhrosnachadh eadar daoine ciorramach agus daoine eile;
- cur às do lethbhreith neo-laghail;
- cur às do shàrachadh dhaoine ciorramach co-cheangailte ri na ciorraman aca;
- beachdan fallain mu dhaoine ciorramach adhartachadh;
- gabhail pàirt le daoine ciorramach sa bheatha phoblaich a bhrosnachadh; agus
- ceuman a ghabhail gus ciorraman dhaoine a ghabhail a-staigh, ged a bhiodh sin a' ciallachadh dèiligeadh ri daoine ciorramach nas fheàrr na daoine eile.

## Gnè

### Uallaichean

Ann na coileanadh an gnìomhan bu chòir do Chomhairlean Coimhearsnachd:

- cur às do lethbhreith neo-laghail;
- cur às do shàrachadh; agus
- co-ionannachd cothruim eadar fireannaich agus boireannaich a bhrosnachadh.

## **Ciamar is urrainn do Chomhairlean Coimhearsnachd cuideachadh le adhartachadh co-ionannachdan sna sgìrean aca?**

- faighinn a-mach mu structair na sgìre – cia mheud duine de chinnidhean eadar-dhealaichte, le ciorraman no de ghnèithean eadar-dhealaichte a tha a' còmhnaidh san sgìre.
- dèanamh cinnteach gu bheil sanasachd sam bith so-ruigsinn do na h-uile, agus gun cumar coinneamhan ann an togalaichean so-ruigsinn aig uairean a tha a' freagairt air na h-uile.
- feuchainn ri ceangal a dhèanamh ri buidhnean a tha 'doirbh an ruigsinn'– gheibhear cuideachadh gus seo a dhèanamh bho oifigear ceangail na comhairle coimhearsnachd no bhon chomhairle ionadail airson seirbheis shaor-thoileach.
- ruith thachartasan ionadail an com-pàirteachas le buidhnean ionadail airson dùthchasaich no daoine ciorramach agus buidhnean coimhearsnachd eile.
- aig a h-uile àm cur comhairle mu dè a' bhuidhnean a bheireadh planaichean sam bith air gach ball den choimhearsnachd,

- obrachadh ann an dòigh in-ghabhalach nuair a tha sibh ag iarraidh air luchd-labhairt bho bhuidhnean dùthchasach, chiorramach agus coimhearsnachd bruidhinn ris a' chomhairle coimhearsnachd air duilgheadasan a tha aca sa choimhearsnachd.
- dèanamh soilleir nach toir a' chomhairle coimhearsnachd taic do lethbhreith, sàrachadh no gabhail brath air neach sam bith.

## **EARRANN 19 DLEASTANAS AGUS RAON-ÙGHARRAIS PÀRLAMAIDEAN NA H-ALBA, NA RÌOGHACHD AONAICHTE AGUS NA H- EÒRPA**

### **Cùl-fhiosrachadh**

Tha an Dreach Sgeama airson Stèidheachadh Chomhairlean Coimhearsnachd a' sònrachadh gu bheil Buill Phàrlamaidean na h-Alba, na Rìoghachd Aonaichte, agus na h-Eòrpa nam buill tro dhreuchd\* de chomhairlean coimhearsnachd taobh a-staigh na roinn no roinn-taghadh. Gu h-ìosal tha cunntas air dleastanasan agus cumhachdan nan diofar Phàrlamaidean.

*\* Sa chumantas neach a tha, mar thoradh air an dreuchd aige, ceangailte gu h-oifigeil ri comataidh mar bhall neo-bhòtaidh*

### **Dleastanas Pàrlamaid na h-Alba**

Chùm Alba, a' Chuimrigh agus Èirinn a Tuath uile referenduim soirbheachail air fèin-riaghlaidh aig deireadh nan 1990an. A thaobh Alba, lean seo gu stèidheachadh Pàrlamaid air leth às dèidh aontachadh Achd Alba 1998, a chithear aig a' cheangal-lìn seo

<http://www.opsi.gov.uk/acts/acts1998/19980046.htm>. Ghabh Pàrlamaid na h-Alba uallach airson a cumhachdan tiomnaichte air 1 Iuchair 1999

### **Cumhachdan tiomnaichte agus glèidhte**

'S e cumhachdan tiomnaichte co-dhùnaidhean a bha Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte a' riaghladh, ach a tha a-nis air an dèanamh le na buidhnean fa leth, mar Pàrlamaid na h-Alba. Tha seo a' gabhail a-steach cùisean mar foghlam agus slàinte. 'S e cumhachdan glèidhte na co-dhùnaidhean a tha aig Pàrlamaid Westminster fhathast. Bha cò na cumhachdan a bha tiomnaichte agus cò aca a bha glèidhte air a cho-dhùnadh leis an reachdas.

### **Pàrlamaid na h-Alba**

'S e dleastanas Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh an co-cheangal ri cùisean tiomnaichte an Alba. Sna roinnean tiomnaichte sin, faodar, mar thoradh air an reachdas fèin-riaghlaidh a tha ann, Achdan Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte atharrachadh no ais-ghairm agus an reachdas ùr aca fhèin an co-cheangal ri cùisean tiomnaichte a cur an gnìomh. Bidh iad cuideachd comasach air beachdachadh air agus aontachadh reachdas prìobhaideach, air adhartachadh le daoine no buidhnean (mar eisimpleir ùghdarrasan ionadail) co-cheangailte ri cùisean tiomnaichte.

Am measg nan roinnean tiomnaichte sin, nach eil air an gabhail a-steach sna molaidhean fèin-riaghlaidh ann an Achd Alba 1978, tha leasachadh eaconamach, taic ionmhais agus eile do ghnìomhachas, oilthighean, trèanadh,



coilltearachd, cuid de chùisean còmhhdail, am poileas agus siostam casaid a' chrùin.

'S ann tiomnaichte a tha cùis sam bith nach eil glèidhte. Tha cùisean tiomnaichte le cumhachd reachdail aig Pàrlamaid na h-Alba thairis orra a' gabhail a-steach:

## **Slàinte**

- slàinte san fharsaingeachd a' gabhail a-steach uallach airson Seirbheis Slàinte Nàiseanta na h-Alba agus airson slàinte a' phobaill agus slàinte inntinn; a thuilleadh air foghlam agus trèanadh proifeiseantaich slàinte agus cùmhnantan seirbheis luchd-obrach NHS agus dotairean-teaghlaich;

## **Foghlam agus trèanadh**

- foghlam sgoile a' gabhail a-steach foghlam ro-5, bun-sgoile agus àrd-sgoile, gnìomhan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim agus solar, trèanadh agus cùmhnantan seirbheis luchd-teagaisg;
- foghlam adhartach agus àrd-ìre a' gabhail a-steach poileasaidh, maoineachadh, gnìomhan Comhairle Maoineachadh Foghlam Àrd-ìre na h-Alba (SHEFC) agus taic oileanach;
- maoineachadh saidheans agus rannsachaidh le taic tro SHEFC agus far a bheil e air a dhèanamh gus taic a thoirt do chùisean tiomnaichte eile;
- poileasaidh trèanaidh agus foghlaim fad-beatha a' gabhail a-steach a h-uile dleastanas trèanaidh aig Oifis na h-Alba aig an àm seo;
- teisteanasan dreuchdail a' gabhail a-steach gnìomhan Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba;
- comhairle agus treòrachadh air dreuchdan

## **Riaghaltas ionadail, obair shòisealta agus taigheadas**

- riaghaltas ionadail a' gabhail a-steach ionmhas riaghaltas ionadail agus cìsean ionadail a bhuineas don dachaigh agus feadhainn nach buin don dachaigh;
- obair shòisealta a' gabhail a-steach siostam Èisteachdan Chloinne;
- cùisean san roinn shaor-thoileach;
- taigheadas;
- ath-bheothachadh sgìre a' gabhail a-steach sònrachadh ceàrnaidhean iomairt;
- dealbhadh cleachdadh-fearainn agus smachd togail.

## **Leasachadh eaconamach agus còmhhdail**

- leasachadh eaconamach a' gabhail a-steach gnìomhan Iomairt na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus nan companaidhean iomairt ionadail;
- taic ionmhasail do gnìomhachas le ùmhlachd do stiùireadh coitcheann na Rìoghachd Aonaichte agus ullachaidhean co-chomhairle rim mìneachadh ann an concordait foillsichte;
- in-thasgadh a' gabhail a-steach gnìomhan Locate an Alba;
- adhartachadh malairt agus às-mhalairt a' gabhail a-steach gnìomhan Malairt Eadar-nàiseanta na h-Alba;
- adhartachadh turasachd a' gabhail a-steach gnìomhan Bòrd Turasachd na h-Alba;
- còmhdhail luchd-siubhail agus rathaid a' gabhail a-steach lìonra rathaidean na h-Alba, brosnachadh sàbhailteachd rathaid, poileasaidh bhusaichean, lasachadh air faraidhean, baidhsagalachd, tagsaidhean beaga agus mòra, taobhan neo-theicnigeach de chiorram agus còmhdhail, cumhachdan airson cuid de thabhartasan rèile, Roinn-ghnìomha Còmhdhail Luchd-siubhail Shrath Chluaidh agus ullachaidhean co-chomhairleachaidh a thaobh còmhdhail poblach;
- cumhachdan còmhdhail adhair agus mara iomchaidh a' gabhail a-steach puirt, calaidhean agus cidheachan, solar soithichean-luchd agus seirbheisean aiseig, gnìomhan Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta agus cùisean dealbhaidh agus àrainneachd a bhuineas do phuirt-adhair;
- slighean-uisge a-staigh san tìr.

## **Lagh agus cùisean na dùthcha**

- lagh agus modh eucorach ach a-mhàin casaidean air an cruthachadh ann an lagh reachdail a bhuineas do chùisean glèidhte mar drugaichean agus gunnaichean;
- lagh chatharra ach a-mhàin an co-cheangal ri cùisean a tha glèidhte;
- lagh-taghaidh an co-cheangal ri taghaidhean riaghaltas ionadail;
- fastadh bhrìtheamhan le ùmhlachd do dh'Àrd-mhorair Cùirt an t-Seisein agus Clàrc Morair a' Cheartais a bhith air an cur an dreuchd leis A' Bhanrigh ann an comhairle a' Phrìomh Mhinisteir air bhonn tagraidhean bho Riaghaltas na h-Alba;
- siostam ceartas eucorach agus casaid a' chrùn;
- na cùirtean catharra agus eucorach a' gabhail a-steach gnìomhan Rianachd Chùirtean na h-Alba agus Cùirt Lord Lyon;
- triùnal co-cheangailte ri cùisean tiomnaichte agus Comhairle na h-Alba air Tribiunalan;
- taic laghail; cead-saoraidh, saoradh prìosanaich binn beatha agus 's dòcha iomrall ceartais; agus prìosain a' gabhail a-steach gnìomhan Seirbheis Phrìosain na h-Alba agus dèiligeadh ri ciontaich;
- seirbheisean a' phoileis agus luchd-smàlaidh a' gabhail a-steach sàbhailteachd teine;
- dìon na dùthcha agus dealbhadh èiginn;

- gnìomhan fo dhiofar aontaidhean laghail eadar-nàiseanta ann an roinnean tiomnaichte, mar eisimpleir co-cheangailte ri toirt air falbh chloinne agus cur an gnìomh Òrdughan Cumail Suas;
- ceadachd deoch làidir;
- dìon bheathaichean a' gabhail a-steach dìon bheathaichean dachaigh, glaiste agus fiadhaich, ceadachd sutha, cumail smachd air beathaichean fiadhaich cunnartach agus sitheann.

## **Àrainneachd**

- an àrainneachd a' gabhail a-steach dìon na h-àrainneachd, cùisean a bhuineas do thruailleadh adhair, fearainn agus uisge agus gnìomhan Buidheann Dìon Àrainneachd na h-Alba; solar uisge agus seirbheisean òtrachais; agus poileasaidhean air an dealbh gus leasachadh seasmhach adhartachadh taobh a-staigh nan dleastanasan eadar-nàiseanta air an aontachadh leis an Rìoghachd Aonaichte;
- dualchas nàdair a' gabhail a-steach cùisean dùthchail agus gnìomhan Dualchas Nàdair na h-Alba;
- an dualchas togte a' gabhail a-steach gnìomhan Alba Eachdraidheil;
- casg thuiltean, dìon chladaichean agus sàbhailteachd stòr-amaran.

## **Aiteachas coilltearachd agus iasgach**

- àiteachas a' gabhail a-steach uallach airson ceuman fo Phoileasaidh Coitcheann an Àiteachais a bhuileachadh, agus airson àiteachas a bhuineas don dachaigh a' gabhail a-steach croitearachd, slàinte agus leas bheathaichean agus slàinte lusan le ùmhlachd do rianan co-òrdanachaidh freagarrach gus dèanamh cinnteach gum bi cunbhalachd taobh a-staigh na Rìoghachd Aonaichte ma thèid iarraidh fo lagh na h-Eòrpa no gus am poball, slàinte agus bheathaichean no slàinte lusan a dhìon;
- inbhean bidhe: thathar a' beachdachadh air an dàimh eadar na cumhachdan a bhios air an cleachdadh le Riaghaltas na h-Alba agus Buidheann-ghnìomha a' Bhidhe a tha san amharc agus an ìre co-òrdanachadh a dh'fheumar bhon Rìoghachd Aonaichte gus am poball a dhìon anns a' Phàipear Gheal air a' Bhuidheann-ghnìomha a thig a-mach as t-fhoghar;
- coilltearachd: tha gnìomhan Rùnaire na Stàite airson Alba, a' gabhail a-steach a chumhachd stiùiridh thar Ùghdarras nan Coilltean, air an gluasad gu Riaghaltas na h-Alba, còmhla ri uallach airson maoinachadh gnìomhan Ùghdarras nan Coilltean an Alba. Tha an suidheachadh ionmhasail air aontachadh air stèidh chothromach le aire do chùisean luchd-pàighidh cise na Rìoghachd Aonaichte tro roinn iomchaidh air an teachd-a-steach bho ghnothachas an Ùghdarras;
- iasgach a' gabhail a-steach uallach airson ceuman fo Phoileasaidh Coitcheann an Iasgaich a bhuileachadh, le ùmhlachd do dh'ullachadh co-òrdanachaidh freagarrach gus dèanamh cinnteach gum bi uallaichean na Rìoghachd Aonaichte air an coileanadh gu h-èifeachdach; cùisean

iasgach na dùthcha a' gabhail a-steach iasgach-cladach, iasgach bhradan agus fìor-uisge agus tuathanas-uisge.

### **Spòrs agus na h-ealain**

- spòrs a' gabhail a-steach gnìomhan Comhairle Spòrs na h-Alba;
- na h-ealain a' gabhail a-steach gnìomhan Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, Comhairle Thaighean-tasgaidh na h-Alba, Comhairle Ealain na h-Alba, agus Sgrìon na h-Alba agus taic don Ghàidhlig

### **Cùisean eile**

- staitistig, clàran agus cunntasan poblach a' gabhail a-steach uallaichean Neach-gleidhidh nan Clàr, Neach-gleidhidh nan Cunntas, agus Àrd-neach-clàraidh na h-Alba.

'S urrainn do Phàrlamaid na h-Alba cuideachd cùisean tiomnaichte a sgrùdadh agus iomadh seòrsa cùis a bhuineas do dh'Alba, tiomnaichte no glèidhte, a dheasbad. Tha Pàrlamaid agus Riaghaltas na h-Alba comasach air co-ionannachd chothroman adhartachadh tro phoileasaidhean agus reachdas san t-sreath iomlan de chùisean tiomnaichte. Bidh ullachaidhean ann fhathast airson guth na h-Alba a chluinntinn air cuspairean air feadh na Rìoghachd Aonaichte mar cùisean bhoireannach.

### **Dleastanas Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte**

Tha a' Phàrlamaid na pàirt riatanach de phoileataics na Rìoghachd Aonaichte. Tha a' Phàrlamaid air a dèanamh suas de Thaigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean, le gach taigh stèidhichte taobh a-staigh Lùchairt Westminster. Tha pàirt aig a' Phàrlamaid agus an riaghaltas ann an cruthachadh laghan na Rìoghachd Aonaichte. Tha an riaghaltas air a chur ri chèile leis a' phàrtaidh phoileataigeach a bhuannaicheas a' chuid as motha de sheataichean ann an taghadh coitcheann, air an stiùireadh le ceannard a' phàrtaidh aca, a bhios na Phrìomh Mhinistear. 'S e buidhnean eadar-dhealaichte a tha sa Phàrlamaid agus an riaghaltas a tha ag obair gu dlùth còmhla. 'S iad prìomh dhleastanasan na Pàrlamaid:

### **Rannsachadh agus ceasnachadh obair an riaghaltais (sgrùdadh)**

Bidh a' Phàrlamaid a' sgrùdadh agus a' ceasnachadh obair an riaghaltais. Bidh Taigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean a' cleachdadh dòighean sgrùdaidh co-ionann, ach le modhan eadar-dhealaichte. 'S iad na prìomh dhòighean

- ceasnachadh ministearan an riaghaltais,
- deasbad
- obair sgrùdaidh nan comataidhean.

Faodaidh an riaghaltas freagairt a thoirt don phoball gus poileasaidhean agus co-dhùnaidhean a mhìneachadh agus fhìreanachadh.

### **Deasbad agus cur an gnìomh gach lagh (reachdas)**

Bidh gach Taigh a' cumail dheasbadan anns am bi Buill a' beachdachadh air poileasaidh riaghaltais, laghan ùra a chaidh a mholadh agus cùisean làithreach. Tha deasbad air a dhealbh gus BPan agus Morairean a chuideachadh a' tighinn gu co-dhùnadh fiosraichte air cuspair. Gu tric bidh bhòtaichean air an cumail gus deasbad a cho-dhùnadh, a dh'fhaodas gabhail a-steach an uairsin aontachadh no diùltadh lagh (reachdas) ùr a chaidh a mholadh no dìreach clàradh am barail air cuspair. Tha a h-uile deasbad air a chlàradh ann am foillseachadh 'Hansard' - ri fhaotainn air-loidhne aig a' cheangal-lìn seo - <http://www.hansard-westminster.co.uk/>

Tha a' Phàrlamaid an urra ri aontachadh laghan (reachdas) ùra. 'S e an riaghaltas a bheir a-steach a' chuid as motha de phlanaichean airson laghan ùra, no atharrachaidhean ri laghan a tha ann - ach faodaidh iad a thighinn bho BhP, Morair no ball den bhuidheann poblach no prìobhaideach. Mus fhaodar an cur san lagh, feumaidh Taigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean deasbad agus bhòtadh air na molaidhean.

### **Cumhachdan glèidhte**

Nuair a thòisich Pàrlamaid na h-Alba ann an 1999, ghlèidh Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte ùghdarras thairis air na h-earrannan de reachdas nach eil tiomnaichte, a thuilleadh air an ùghdarras thairis air na buidhnean tiomnaichte – Pàrlamaid na h-Alba, Seanadh Èirinn a Tuath, agus Seanadh na Cuimrigh. A thaobh Alba, ghlèidh Westminster ùghdarras thairis air na roinnean a leanas.

- am bun-reachd, nach eil air a chòdachadh, 's e sin nach eil aon sgrìobhainn sònraichte ann le bun-reachd Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte. 'S e tha sa bhun-reachd ach cruinneachadh de sgrìobhainnean, nòsan agus cleachdaidhean a tha air fàs thairis air na linntean, mar a bhiodh air a shùileachadh airson an deamocrasaidh as sine san t-saoghal;
- dìon agus tèarainteachd nàiseanta, 's e sin na feachdan agus seirbheisean rannsachaidh armailteach;
- siostam fiosgail, eaconamach agus airgid a tha a' gabhail a-steach cìsean agus airgead;

- malairt agus gnìomhachas, a' gabhail a-steach farpais agus dìon luchd-ceannachd;
- còmhdhail (chan ann dìreach an Alba) a' gabhail a-steach rathaidean-iarainn, sàbhailteachd agus riaghladh còmhdhail;
- Tèarainteachd shòisealta a' gabhail a-steach sochair taigheadais, agus seirbheisean eile air an solar le Roinn na h-Obrach agus nam Peinnseanan;
- modhannan meidigeach - casg-breith; torachadh daonnda agus suth-eòlas; gintinneachd; xenotraschur agus beò-ghearradh;
- Craoladh Telebhisein agus rèidio, agus cuideachd ceadachd tele-chonaltraidh;
- Cùisean dhùthchannan cèin, bho dhàimh ri buidhnean stèidhichte mar na Dùthchannan Aonaichte, gu solar ambasaidean na Rìoghachd Aonaichte air feadh an t-saoghail;
- an t-Seirbheis Chatharra a tha ag obair sna diofar bhuidhnean riaghaltais;
- in-imrich agus nàiseantachd, a' gabhail a-steach smachd air ceadan-siubhail;
- cumhachd - dealan, gual, ola, gas, cumhachd niuclasach, agus cumhachd ath-nuadhachail;
- reachdas fastaidh, a' gabhail a-steach uairean obrach, agus am pàigheadh gach uair as lugha;
- co-ionannachd chothroman mar reachdas an aghaidh lethbhreith.

## **Dleastanas Pàrlamaid na h-Eòrpa**

'S e Pàrlamaid na h-Eòrpa an aon bhuidheann tro thaghadh dìreach san Aonadh Eòrpach. Tha 785 Buill Pàrlamaid Eòrpach air an taghadh aon uair a h-uile còig bliadhna le luchd-bhòtaidh air feadh 27 Buill-stàit an Aonaidh Eòrpaich às leth a 492 millean saoranach.

Tha pàirt gnìomhach aig Pàrlamaid na h-Eòrpa ann an dreachdadh reachdas a bheir buaidh air beatha làitheil a shaoranaich: Mar eisimpleir;

- air dìon na h-àrainneachd, còraichean luchd-cleachdadh, co-ionannachd chothroman, còmhail, agus gluasad saor de luchd-obrach, calpa, seirbheisean agus bathar. Tha cumhachd aig Pàrlamaid na h-Eòrpa cuideachd còmhla ris a' Chomhairle thairis air buidseat bliadhna an Aonaidh Eòrpaich.

Tha ùghdarras aig Pàrlamaid na h-Eòrpa reachdas a chur an gnìomh san Rìoghachd Aonaichte ach airson a chur an gnìomh 's dòcha gum feum Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte reachdas ùr no atharraichte aontachadh.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air obair Pàrlamaid na h-Eòrpa an seo - <http://www.europarl.europa.eu/parliament/public/staticDisplay.do?id=146&language=EN>